Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Air-loidhne tro Zoom
Dihaoine 4mh Màrt 2022 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail air loidhne, Dihaoine 4mh Màrt 2022 bho 2f.

Clàr Chùisean

1.2022.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	

1.2022.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Blas 2021 agus 2022	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Pròram bhon Dùbhlachd 2021 air adhart	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(e)	Plana Pròraim 2022-27	Airson Aontachaidh
(f)	Rannsachadh air builean Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(g)	Àite Sàbhailte: Poileasaidh ùr agus gnìomhan	Airson Deasbaid agus Aontachidh

1.2022.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2021-22	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2021	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Dreach Bhuidseat 2022-23	Airson Aontachaidh
(e)	Tabhartasan nam Fèis 2021-22	Airson Fiosrachaidh
(f)	Tabhartasan nam Fèis 2022-23	Aithris airson Fiosrachaidh
(g)	Seirbheisean bancaireachd le CAF	Airson Aontachaidh
(h)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(i)	Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màrt 2022	Aithris airson Aontachaidh

1.2022.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh

1.2022.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Co-labhairt 2022	Aithris airson Deasbaid agus Aontachaidh
(b)	Ùrachaidhean air poileasaidhean a tha ann mar-tha	Airson Deasbaid agus Aontachidh
(c)	Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh	Airson Fiosrachaidh

1.2022.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 20.05.2022	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail tro Zoom Dihaoine 10 Dùbhlachd 2021 bho 2.00f

4.2021.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Ciorstaidh NicDhùghaill (Leas-chathraiche), Anna Frater, Carola NicCaluim, Seòras Stoddart, Sarah-Jayne Shankland, Alasdair Paul, Ceitidh NicAonghais, Caroline Swain (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid - a' frithealadh), Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail - a' frithealadh), Màiri Bhochanan (IGE - a' frithealadh), Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil, (Comhairle na Gàidhealtachd - a' frithealadh), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh) agus Luke Slater (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Anna Mhoireach (Cathraiche), Cailean Sandilands, Angela Mack, Calum Ailig Macmhaoilein, Lena Nic an Fhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd) agus Donnchadh MacNìll (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid)

Chuir Ciorstaidh NicDhùghaill, (a' gabhail àite Anna Mhoireach sa chathair), fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

Chaidh meal a naidheachd a chur air Jo NicDhòmhnaill, a tha air obair mhòr a dhèanamh còmhla ri Fèisean nan Gàidheal, an dèidh do a saothair as leth na Gàidhlig a bhith air urram fhaighinn aig Duaisean Dual-cheòl na h-Alba.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 24 Sultain 2021 a chuairteachadh.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Anna Frater is Seòras Stoddart a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Mar a chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh, bha Art MacCarmaig air fios a chur gu Carola Bell a bha air rannsachadh a dhèanamh air cunntasan banca aig buidhnean carthannais. Mhol ise gum b' urrainn do dh'Ùrlar Nasgan nan Carthannas aig Bunait Cobhair nan Carthannasan (CAF) leigeil le buidheann grunn farsaing bhancaichean a ruighinn an dèidh dhi aon iarrtas a lìonadh.

Chaidh am fiosrachadh a fhuaras a thoirt do Sheòras Stoddart agus do dh'Anna Mhoireach ron choinneimh agus thug Seòras cunntas goirid air a chuid rannsachaidh ann am Flagstone Investment Management a bhios a' toirt sheirbhisean don CAF.

Dh'aontaich Art MacCarmaig, Seòras Stoddart agus Anna Willoughby tuilleadh deasbaid a dhèanamh air an seo agus moladh a dhèanamh do bhuill a' Bhùird aig an ath-choinneimh.

4.2021.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh na Sultaine 21 a chuairteachadh.

A dh'aindheoin duilgheadas leantainneach leis a' Chobhad agus le seiseanan air loidhne a-mhàin, bha buill a' Bhùird toilichte leis an adhartas.

(b) Aithisgean adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais bhon luchd-obrach a sgaoileadh agus thug buill a' Bhùird fainear do na bha annta.

Thug an leas-chathraiche taing as leth a' Bhùird do na h-uile airson an dìchill.

Thog Anna Frater dragh mu dhuilgheadas ann a bhith a' cumail bhall air comataidhean nam Fèisean mar thoradh air cuingealachadh a' Chobhad agus daoine a' taghadh mar a b' fheàrr a chuireadh iad seachad an ùine shaor-thoileach. Thuirt Art MacCarmaig gur ann mar seo a bha e le grunn de na Fèisean agus gur dòcha gum biodh dùbhlain air thoiseach ann a bhith a' tòiseachadh thachartasan às ùr an lorg seo. Thuirt e gum biodh na h-Oifigich Leasachaidh, am Manaidsear Leasachaidh agus e fhèin a' bruidhinn air gnothaichean mar sin le Fèisean air leth tràth sa bhliadhn' ùir.

(c) Sùil air ais air a' chlàr bhon Damhair is air adhart

Chuir Art MacCarmaig agus Eilidh NicCoinnich lèir-chunntas an cèill air clàir-obrach a tha gan cur an gnìomh le Fèisean nan Gàidheal an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' leigeil bhuidhnean a-steach do na togalaichean aca a-rithist, rud a tha na naidheachd ghealltanach do thachartasan ri teachd.

Tha am pròiseact Treòir | Voar | Virr air tòiseachadh is a' dol gu math is chaidh a mholadh le Alasdair Paul, a tha cuideachd na oide sa phròiseact.

Thug Art MacCarmaig taing don luchd-obrach airson cho fosgailte 's a bha iad nan taic do dh'Eilidh NicCoinnich airson am pròiseact seo a thoirt gu buil ann an ùine gu math goirid.

(e) Cùmhnant gus builean obair Fèisean nan Gàidheal a mheasadh

Bha a' chiad dreachd den aithisg 'Buaidhean Cultarach, Sòisealta, Eaconomach, Cànanach is Sunnd Fèisean nan Gàidheal', le Steve Westbrook agus Sandaidh MacAnndrais, a chuairteachadh air thoiseach air a' choinneimh.

Chaidh molaidhean a dhèanamh le buill a' Bhùird a thaomh riochd is cur an cèill cuid den fhiosrachadh.

Dh'iarr Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil gun rachadh iomradh a thoirt air Comhairle na Gàidhealtachd ann am puing 5.4 air Duilleag 13.

Chaidh a mholadh gum bu chòir beachdan nam buidhnean maoineachaidh iarraidh airson an cur san aithisg cuideachd.

Dh'aontaich Art MacCarmaig na puingean a rinneadh leis a' Bhord a thoirt do dh'aire Steve Westbrook, leis an rùn an aithisg a bhith cho iomlan 's a ghabhadh ro ath-choinneamh a' Bhùird, a' toirt fainear gum bu chòir don aithisg a bhith air a cheadachadh leis a' Bhòrd mus tèid a chuairteachadh nas fharsainge.

(f) Plana Pròghraim 2022-27

Dh'innis Art MacCarmaig nach do rinneadh an còrr obrach air Plana Clàr ùr 2022-27 leis mar a bha sinn a' feitheamh na h-aithisg air buaidh obair Fèisean nan Gàidheal agus gum faodadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ùr buaidh a thoirt air ar plana-ne cuideachd.

Thugadh fainear le buill a' Bhùird gun rachadh sùil eile a thoirt air a' phlana ro ath-choinneamh a' Bhùird.

4.2021.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd A-steach agus Cosgaisean 2021-22

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 30 Samhain 2021.

Thugadh fainear dha le buill a' Bhùird.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil – £10,361.19
- Cunntas Àrd-rèidh - £552,944.94
- Cunntas Blas - £7,767.62
- An t-Urras Leasachaidh - £8,525.07

Thugadh fainear do na suimean le buill a' Bhùird.

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2021

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Sultain 2021, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh.

Thugadh fainear dhaibh le buill a' Bhùird.

(d) Tabhartasan do na Fèisean 2021-22

Bhathar air liosta de thabhartasan a chaidh aontachadh do dh'Fhèisean a chuairteachadh aig a' choinneimh mu dheireadh is chaidh innse gum pàighteadh na Fèisean mar is nuair a bhiodh feum aca air an airgead airson an obair ath-stèidheachadh.

Thugadh fainear leis a' Bhòrd do na suimean a chaidh pàigheadh.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Tha conaltradh cunbhalach aig Fèisean nan Gìadheal ris na buidhnean a bhios a' maoineachadh a' phròjraim againn agus chaidh aithisg, le Art MacCarmaig, a chuairteachadh airson fios a chumail ri buill a' Bhùird air mar a tha ar n-aontaidhean riutha.

Thugadh fainear gu bheil maoineachadh pròiseact Treòir | Voar | Virr fhathast ri fhaighinn, ged a tha cosgaisean air a bhith ann.

Thug Siobhan NicAnndrais geàrr-chunntas air na bha an dùil aig Alba Chruthachail a thaobh bhuidseatan, a-nis gun robh Riaghaltas na h-Alba air a bhuidseat-san fhoillseachadh.

Thug an Leas-chathraiche taing do Shiobhan airson an fhiosrachaidh ùir.

4.2021.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh mu dheireadh

Chuir am Bòrd meal a naidheachd air Peigi Anna Shields is air an duine aice air dhaibh cluinntinn gun robh dùil aca ri leanabh.

Thug Art MacCarmaig agus am Bòrd taing don sgioba airson an dìchill air feadh na bliadhna agus thug buill a' Bhùird fainear gun robh an sgioba gu lèir air a bhith air leth taiceil aig àm doirbh.

4.2021.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Plana Lughdachadh Gualain: Aithisg Bhliadhnail

Bha Anna Willoughby air aithisg ullachadh air dòighean anns an robh sinn air ar Plana Lughdachadh Gualain a chur an gnìomh, a chaidh cuairteachadh ron choinneimh.

Thugadh fainear dha le buill a' Bhùird.

Ann an deasbad, chaidh moladh gum feuch sinn ris na Fèisean a bhrosnachadh pàirt a ghabhail ann a bhith a' cur chraobhan mar dhòigh air cleachdadh gualain a lughdachadh ach cuideachd mar dhòigh air an òigridh a theagasg mun aibideil Ghàidhlig agus òrain co-cheangailte ri caochladh chraobhan.

Chaidh aontachadh gum bruidhneadh Art MacCarmaig mun seo ri Urras Coilltean na h-Alba.

4.2021.06 Eile

(a) G I S B E

Cha robh an còrr gnothaich iomchaidh ann.

Mhol Seòras Stoddart taing mhòr a thoirt do Chiorstaidh NicDhùghaill airson a sàr-obair a' gabhail na cathrach agus chaidh seo aontachadh leis na h-uile.

(b) Daingneachadh Ceann-latha na h-ath choinneimh agus coinneamhan eile 2022

Thugadh fainear gur e 4 Màrt ceann-latha na h-ath-choinneimh.

Chaidh na trì coinneamhan eile a shuidheachadh le cumnha mar 20 Cèitean, 23 Sultain, 9 Dùbhlachd 2022.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2022.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne airson an treas ràith de 2021-22 gu 31 Dùbhlachd 2021.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha bacadh fhathast air a' phrògram a bha sinn an dùil a lìbhrigeadh ri linn staing leantainneach a' Choronabhìorais. Tha sinn air ar dhìcheall a dhèanamh taic a chumail ri luchd-ealain, na Fèisean agus prògram air loidhne, agus aghaidh-ri-aghaidh, san treas ràith de 2021-22.

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2018-21, a chaidh a shìneadh:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean.		Chaidh taic a chumail ri Fèis an Earraich ann an R3.	
AC2	Taic a thoirt ri obair ro-innleachdail ann am Fèisean a tha airson an obair aca a leudachadh no airson ath-shlànachadh an dèidh Covid.		Chaidh maoin shònraichte a thoirt do gach Fèis airson an cuideachadh cùisean ath-thòiseachadh. Ged a bha bacaidhean fhathast ann, tha cuid de na Fèisean air tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a thabhann a-rithist.	

			Chaidh Treòir a chur air dòigh gus taic a chumail ri grunn Fhèisean tachartasan a lìbhrigeadh a-rithist agus tha na Fèisean an sàs uile air tòiseachadh air tachartasan a lìbhrigeadh. B' e ath-thòiseachadh prìomh chuspair co-labhairt Fèisean nan Gàidheal a chaidh a chumail san t-Sultain. Bidh sgioba Fèisean nan Gàidheal a' tabhann taic shònraichte airson obair nam Fèisean ath-thòiseachadh bho thoiseach na bliadhn' ùire, a rèir riaghailtean.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Chaidh taghadh de chur-seachadan ealain Ghàidhlig a chruthachadh agus a lìbhrigeadh air loidhne eadar a' Chàisg agus saor-làithean na Dàmhair mar phàirt den iomairt #cleachiaigantaigh. The Fèisgoil an sàs ann an obair ùr le co-bhanntachd de dh'ùghdarrasan ionadail a' cleachdadh ealain airson Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Bha òrain ùra ann an dealbh-chluich na Nollaige san Dùbhlachd. Bidh sreath òrain - 20 - air an clàradh airson pròiseact le e-Sgoil. Bidh òrain ùra nam pàirt den phrògram ro-sgoile Hùb Hàb a bhios a' dol air adhart sa bhliadhn' ùir.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra.		Chaidh coimisean Blas 2021 a bhuileachadh air Kim Carnie a chuir ri chèile pìos-ciùil, *Buaidh nam Ban*, stèidhichte air obair bana-bhàird na Gàidhlig, Màiri Mhòr nan Òran nam measg.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Coltach ris a' mhòr-chuid de thachartasan eile, chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma a lìbhrigeadh ann an cruth air loidhne fo stiùir Aonghais MhicLeòid cuide ri Daibhidh Walker. Cha robh àireamh chom-pàirtichean àrd ach thog na bha an làthair deagh sgilean.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aig na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh tabhartasan aontachadh le Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal ach tha iad air am pàigheadh nuair a tha feum air an airgead fhad 's a tha gnìomhan a' tòiseachadh a-rithist. Tha dùil gun tèid a' mhòr-chuid de thabhartasan a phàigheadh taobh a-staigh bliadhna an ionmhais.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnsramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Tha iarrtas nas motha air a bhith ann airson ionnsramaidean san ràith seo le tachartasan a' dol air adhart a-rithist.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 73 iarrtasan ann airson deuchainnean gu deireadh na ràith seo.	
AC10	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan.		Tha maoin a bharrachd ri fhaighinn, a rèir feum, ach cha d' fhuair sinn iarrtas sam bith son taic gu deireadh R3.	
AC11	Conaltradh cunbhalach le Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil mar a bhios iomchaidh.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh air sàr obair a dhèanamh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca airson a dhèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh aca fhad 's a tha buaidh ann bho Covid-19 agus airson gnothaichean ath-stèidheachadh. Chaidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt a chumail air 24 agus 25 Sultain le riochdairean bho bharrachd air an dàrna leth de na Fèisean an làthair.	

			B’ e ath-thòiseachadh thachartasan agus mar a bhios buidhnean coltach ris na Fèisean sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a’ neartachadh mhion-chànan am measg òigridh prìomh chuspairean an tachartais. Tha na Fèisean an sàs ann an Treòir air coinneachadh meadhanach cunbhalach air na mìosan a chaidh seachad.	
AC12	Bùithtean-obrach is pròg raman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a’ Ghàidhlig).		Chaidh 8 bùithtean-obrach dràma a lìbhrigeadh le Aonghas MacLeòid ann am Fèis Air Loidhne agus 8 a bharrachd le Lana Pheutan do dheugairean. Chaidh clàradh a dhèanamh den fhilm ùr aig Meanbh-Chuileag, *Mo Bheannachd Ort*, a chaidh a shealtainn ann an 32 sgoiltean eadar An t-Sultain agus An t-Samhain cuide ri 55 bùithtean-obrach, 33 a chaidh air adhart beò ann an sgoiltean le 22 air an lìbhrigeadh air loidhne le Aonghas MacLeòid, Raonaid Cheanadach agus Fearghas Rothach. Bha taisbeanadh poblach ann air loidhne cuideachd air a choimhead le 561 neach. Bha dealbh-chluich na Nollaige, *Ùisdean agus am Fìdhlear Seunta*, ga shealltainn ann sgoiltean air feadh na dùthcha san Dùbhlachd. Chaidh 1,100 ga choimhead ann an taisbeanadh poblach air loidhne cuideachd.	
AC13	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G.		Cha deach taic sam bith iarraidh gu deireadh R3. Ge-tà, tha pròg ram #cleachiaigantaigh air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus, far a bheil a leithid a dhìth, bidh briathrachas air a mhìneachadh.	
AC14	A’ stèidheachadh agus a’ toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a’ gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean.		Bha tachartasan Hùb Hàb air an lìbhrigeadh beò tron phròg ram #cleachiaigantaigh. Chaidh cruinneachadh de dh’òrain Hùb Hàb an clàradh agus an cur air loidhne le taisbeanadh poblach air FèisTV. Bidh barrachd obrach a’ dol air adhart aig Hùb Hàb tràth ann an 2022.	
AC15	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Chaidh Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios a’ comharrachadh Colmcille 1500 le cuid de thachartasan aghaidh-ri-aghaidh a bharrachd air pìosan a chaidh a chlàradh ro-làimh.	
AC16	A’ cumail a’ toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Bha cuid de chèilidhean a shruthadh bho Fhèisean gu deireadh R3 bho Fhèisean Air Loidhne a chaidh air adhart rè shaor-làithean samhraidh nan sgoiltean agus bha cuireaman beò aig Fèisean na Dàmhair.	
AC17	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta – Tasgadh - às leth Alba Chruthachail cho math ri Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Fhuair sinn dearbhadh bho Alba Chruthachail air àrdachadh gu £38.5k sa mhaoin airson Tasgadh am-bliadhna le £35k airson sgaoileadh. Tha a’ chiad dà cheann-latha seachad le aon chothrom eile ri thighinn san Fhaoilleach 2022. Chaidh Maoin nan Ealan Gàidhlig a chosg airson 2021-22 agus tha Alba Chruthachail air dearbhadh gum bi a’ mhaoin seo a leantainn ann an 2022-23. Tha liosta de na pròiseactan a shoirbhich ri fhaicinn air ar làrach-lìn.	
AC18	Taic a chumail ri 7 Fèisean pàirt a ghabhail ann am pròg ram Treòir a’ toirt chothroman do cheòladairean air muinntireas.		Fhuair 9 Fèisean cothrom pàirt a ghabhail sa phròg ram Treòir aus tha iad air na prìomh agus leas cheòladairean aca fhastadh. Tha obair lìbhrigidh a’ dol air adhart le dùil gum bi a’ mhòr-chuid ullamh ro dheireadh a’ Ghearrain 2022.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC19	A’ cumail a’ toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Mar a thachair le tabhartasan, ga mhìneachadh ann an AC7, bidh an t-airgead seo ga sgaoileadh nuair a bhios feum air.	

AC20	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		Cha robh iarrtas sam bith ann gu deireadh R3.	
AC21	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Cha deach na Cèilidhean air Chuairt air adhart ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, chum sinn Fèis Alba air loidhne san luchar, ged a bha an àireamh de chom-pàirtichean na b' ìsle na bhitheamaid sn dùil gu h-àbhaisteach. Bidh na seinneadairean a' gabhail pàirt ann am Fuaran air am pàigheadh airson feum a dhèanamh de na h-òrain a chaidh a chruinneachadh agus a chlàradh. Tha mòran de dh'oidean, no leas-oidean, ag obair air an ceann fhèin agus an eisimeil teachd a-steach bho na Fèisean. Tha sinn air a bhith a' dèanamh ar dìcheall cothroman obrach a thairgse fhad 's a tha buaidh Covid a' leantainn. Bha cleasaichean òga, Fearghas Rothach agus Ceitidh NicPhàrlain, an sàs ann am filmichean dràma cho math ri luchd-ciùil òg.	
AC22	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Chaidh Blas air adhart eadar 19mh agus 27mh den t-Samhain le 31 cuirmean beò, 8 dhiubh air an sruthadh air an oidhche agus 37 tachartasan air loidhne. Bha 12,991 san èisteachd uile gu lèir. Bidh aithisg shlàn ri fhaighinn tràth ann an 2022.	
AC23	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig.		Chaidh tachartasan còmhnaidheach a tharraing am-bliadhna a-rithist ri linn buaidh Covid-19. Ge-tà, chaidh dreach air loidhne de 5 Latha a thabhann sa Ghiblean le 11 com-pàirtichean agus bhideothan air an deasachadh ro-làimh le cuid den fheadhainn is àbhaist a bhith a' cumail taic ris an tachartas. An dèidh sanasachd a dhèanamh tha fhios againn gu bheil ùidh aig gu leòr ann an 5 Latha 2022 agus tha dùil againn planaichean a chur an sàs airson seo a chumail a-rithist aig àm na Càisge.	
AC24	Com-pàirt ann an rannsachadh neo-eisimeileach mu thoraidhean obair Fèisean nan Gàidheal.		An dèidh sanasachd agus tagraidhean fhaighinn chaidh cùmhnant a thabhann do Steve Westbrook agus sgioba a chuir e ri chèile. Chaidh beachdachadh air dreach aithisg le Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal san Dùbhlachd agus tha obair a' leantainn le dùil ri aithisg dheireannach sa Ghearran.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC25	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Tha buaidh nach beag air a bhith air obair nam Fèisean ri linn Covid agus tha e air a bhith nas dorra am-bliadhna na bha e an-uiridh com-pàirichean a thrusadh airson thachartasan air lodhne. Bidh gach Oifigear Leasachaidh a' cumail taic ri cruinneachadh de dh'Fhèisean agus tha grunn chòmhraidhean air a bhith ann mi ath-shlànachadh bhon ghalair. Tha gu leòr de na Fèisean air cumail romhpa le clasaichean cunbhalach air loidhne. Bha sinn air leth toilichte Oifigear Leasachaidh ath-stèidheachadh anns na h-Eileanan Siar agus chuir sinn fàilte air Peigi Ann Shields don dreuchd sa Chèitean. Tha an sgioba sùbailte agus tha iad air measgachadh de dh'obair eadar-dhealaichte a ghabhail os làimh a leithid #cleachiaigantaigh, Fèis Air Loidhne agus Treòir cho math ri taic le Fèisgoil is gnothaichean eile. Eadar Am Faoilleach agus Am Màrt bidh na h-Oifigearan Leasachaidh gu mòr le	

			an aire air taic a chumail ri Fèisean an obair aca ath-thòiseachadh, taobh a-staigh riaghailtean.	
AC26	A' cruthachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn le poileasaidhean a chruthachadh agus faodaidh Fèisean fa leth an gabhail òs làimh. Chaidh a' mhòr-chuid dhiubh ùrachadh le dùil aonta a' Bhùird a shireadh riutha sa Mhàrt 2022.	
AC27	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain.		Bidh àrachas ga thoirt do na Fèisean air fad mar phàirt den bhallrachd aca a tha a' gabhail a-steach gach cunnart co-cheangailte ris na gnìomhan aca.	
AC28	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Bha 39 seiseanan trèanaidh ann do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gu deireadh R3 le 97 com-pàirtichean.	
AC29	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Ghabh buill den sgioba pàirt ann an 13 seiseanean trèanaidh gu deireadh R3.	
AC30	Taic le sgrìobhadh chruthachail tro obair dràma agus cùrsaichean sònraichte.		Bha sgrìobhadh cruthachail na phàirt de dh'obair na Sgoile Samhraidh Dràma a chaidh air adhart air loidhne san Iuchar. Tha ar n-Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid, air na sgilean sgrìobhaidh chruthachail aige fhèin a chur gu feum tro sgriobtaichean a dheasachadh airson phròiseatan dràma, film ùr agus dealbh-chluich na Nollaige a bhios a' nochdadh nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Tha sgrìobhadairean an sàs san Iomairt Treòir | Voar | Virr	
AC31	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh.		Aig àm na Càisg cho-obraich Fèisean nan Gàidheal le Fèisean ionadail agus thachair an aon rud as t-samhradh, nuair is àbhaist dhaibh a bhith a' dol air adhart, gus dèanamh cinnteach gun robh Fèisean a' tachairt air loidhne rè shaor-làithean nan sgoiltean. Ghabh cuid de na Fèisean pàirt san iomairt *Samhradh an Dòchais/Samhradh Cluiche*. Dh'obraich Fèisean nan Gàidheal air an iomairt #cleachiaigantaigh rè R2 a-rithist. Tha Fionnlagh MacIlllnnein a' cumail roimhe le greis-obrach a choileanadh, mar a tha Luke MacLeod à Leòdhas agus an còrr den sgioba de dheugairean a tha an sàs ann an Café Bheairteis.	
AC32	Plana Prògraim ùr a dheasachadh airson 2022-27.		Tha obair air toìseachadh air seo agus bheachdaich am Bòrd-stiùiridh air a' chiad dreach aig a' choinneamh aca sa Chèitean agus dreach eile san t-Sultain. Bha còmhradh mu shusbaint a' phlana aig a' cho-labhairt agus tha dùil gum bi e deiseil ron Chèitean 2022 airson taic a chumail ri iarrtasan-airgid 2023 air adhart.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC33	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.		Feumaidh Fèis sam bith a tha a' faotainn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh. Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth.	

AC34	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh.		Faicibh AC21 agus AC23 gu h-àrd. Cha deach Cèilidhean air Chuairt air adhart as t-samhradh mar is àbhaist ri linn buaidh Covid. Ge-tà, chaidh taic a chumail ri Fèis Phàislig agus Fèis Spè a thug buidhnean de cheòladairean òga còmhla a chluich nan coimhearsnachdan agus rinn Fèis Phàislig CD cuideachd.	
AC35	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile.		Faicibh AC5 and AC22 gu h-àrd.	
AC36	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Le sìneadh air Bliadhna Cladaichean agus Uisgeachan na h-Alba bha sinn ag ath-chraoladh na h-òrain a chaidh a chlaradh ann an 2020 ann am pròiseact a fhuair taic bho Riaghaltas na h-Alba. 'S i Bliadhna Colmcille 1500 a bh' ann an 2021 agus chithear bho AC12 agus AC15 gun deach seo a chomharrachadh aig Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh agus ann am film ùr le bùithtean-obrach aig Meanbh-Chuileag. Bha pròiseact eile san amharc againn a' ceanglachadh Alba, Èirinn agus Alba Nuadh ach b' fheudar dhuinn beachdachadh a-rithist air seo leis na duilgheadasan a tha follaiseach an-dràsta. Bidh sinn a' lorg dhòighean pàirt a ghabhail ann am Bliadhna na Sgeul ann an 2022.	
AC37	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh, no far an gabhadh cothroman a chruthachadh.		Cha robh cothroman taisbeanaidh idir ann gu deireadh R3 ri linn buaidh Covid.	
AC38	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan.		Thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh, b' fheudar dhuinn na b' urrainn dhuinn de ar pròg ram a lìbhrigeadh air loidhne. Tha buannachdan agus dùbhlain air a bhith ann ach tha e follaiseach nach robh an aon iarrtas ann am-bliadhna airson tachartasan air loidhne 's a bh' ann fhad 's a bha an dùthaich fo ghlas. Tha am pròg ram #cleachiaigantaigh air leantainn cho math ri Fèisean Air Loidhne, *Tac an Teine* agus *Cèilidhean mun Chagailt* ann an co-bhonn ris a' Chomunn Gàidhealach. Chaidh cùmhnantan a thabhann do 11 luchd-ciùil a bhios a' cur ris an stòras de leasnanan air loidhne againn, *Oide*, cho luath 's a tha na clàraidhean deiseil. Mar a chìthear fo AC22 gu h-àrd, bha 37 tachartasan air loidhne agus 8 sruthaidhean bho chuirmean Bhlas 2021.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC39	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn ma dh'fhaodte tro sgeama TMF.		Bha 58 seiseanan trèanaidh ann le11 còmpairtichean. The feum air tuilleadh chòmhraidhean le TMF mun sgeama meantoraidh aca.	
AC40	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Bha 6 seiseanan ann le 11 com-pàirtichean gu deireadh R3.	

AC41	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Tha dithis òga suidhichte air a' Bhòrd-stiùiridh agus bidh iad a' nochdadh aig coinneamhan gu cunbhalach. Mar a tha ga mhìneachadh ann AC31 gu h-àrd tha òigridh an sàs ann an obair na buidhne fo bhratach Café Bheairteis. Tha Luke MacLeòid agus Fionnlagh MacIllinnein a-nise a' gabhail pàirt ann am Buidheann Prògramaidh Bhlas.	
AC42	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
AC43	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Tha na h-òrain airson Fuaran air nochdadh air loidhne. Tha sinn an dùil an aon chothrom a thoirt do sheinneadairean eile a thèid a thrusadh ann an 2022.	
AC44	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Bidh com-pàirtichean ann am Fèisean, nar n-obair dràma agus ann an Cèilidhean air Chuairt a' togail sgilean taisbeanaidh, ged nach robh cothroman cho pailt am-bliadhna gu ruige seo.	
AC45	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bha trèanadh den t-seòrsa seo gu bhith na phàirt de dh'Fhèis Alba san Iuchar ach b' fheudar dhuinn a sheachnadh leis nach do chlàraich com-pàirtichean u leòr.	
AC46	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.		Gu deireadh R3, lìbhiig Fèisgoil 780 seiseanan *Blasad Gàidhlig* do 1,914 luchd-ionnsachaidh anns na sgìrean a leanas: An Eaglais Bhreac, Glaschu, Earra-Ghàidheal is Bòd, Dùn-Dè, Dùn Breatann an Iar agus Àir a Deas. Chaidh 2 bhideo eile *Tutagan* do chlann sna tràth-bhliadhnaichean a chlàradh agus a sgaoileadh. Tha *Café Bheairteis* air cumail a' dol gach seachdain rè na bliadhna agus bha seisean beò ann aig Blas. Thòisich co-obrachadh le e-Sgoil le seiseanan dràma do 168 com-pàirtichean agus seiseanan *Beairteas* a chaidh air adhart bhon Dàmhair le 392 sgoilearan gan tarraing thuca. Chaidh Meanbh-Fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios le 80 sgoilear an sàs agus Colmcille 1500 mar chuspair. Dh'iarr Comhairle Baile Ghlaschu oirnn 72 seiseanan a lìbhrigeadh do luchd-obrach an ùghdarrais, a' toirt a-steach cànan agus cultur, thairis air 9 seachdainean le obair ga toirt do 9 oidean. Gu deireadh R3, bha 43 oidean a' tabhann sheiseanan do 1,011 sgoilearan ann an 80 sgoil tron phròg ram Treòir | Voar | Virr, le 28 de na h-oidean clàraichte airson teisteanas UHI a chosnadh.	
AC47	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Chaidh crìoch a chur air obair ICO agus Acadamaidh a' Mhòid aig deireadh bliadhna na sgoile. Tha clasaichean air leantainn ann an ceòl traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd bhon Lùnastal 2021 tro chùmhnant le High Life na Gàidhealtachd. Chaidh an àireamh de sheiseanan àrdachadh bho 8 gu 10 anns gach sgoil le measgachadh de mhodhan-teagaisg - 50% air loidhne agus 50% aghaidh-ri-aghaidh.	

AC48	Pròg̀raman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC46 gu h-àrd airson Blasad Gàidhlig. Ged a tha an obair seo seasmhach an-dràsta tha mi-chinnt daonnan ann le buidseatan nan ùghdarrasan ionadail caran caochlaideach.	
AC49	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC46 gu h-àrd. Bidh seiseanan a bharrachd air an tabhann tro e-Sgoil agus, aon uair 's gu bheil a leithid ceadaichte, bhiomaid an dòchas seiseanan beò a chur air adhart ann an sgoiltean.	
AC50	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
AC51	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Faicibh AC39 agus AC40 gu h-àrd. Chaidh iarraidh oirrn le co-chaidreachas nan ùghdarrasan ionadail, a bhios a' tabhann Gàidhlig mar dara cànan, Fèis Trèanaidh a chur air dòigh dhaibh agus chaidh seo air adhart aig deireadh saor-làithean an t-samhraidh.	
AC52	Cothroman ionnsachaidh airson oidean ùra anns a' phròg̀ram Treòir.		Tha seo a' dol air adhart leis na ceòladairean air mhuinntireas agus oidean eile an sàs sa phròg̀ram.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC53	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Tha a' mhòr-chuid de na Fèisean a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus iad a' tabhann chlasaichean ann an Gàidhlig, far an gabhadh sin a dhèanamh. Tha suidheachadh Covid air leigeil leinn tuilleadh chlasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh air loidhne na tha àbhaisteach. Tha sinn an dòchas cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh barrachd anns na Fèisean eileanach, cho math ri co-obrachadh a bhrosnachadh far a bheil a' Ghàidhlig na cànan san iomairt.	
AC54	Plana ùr Co-ionannachd, Iomadachd agus In-Ghabhail a chruthachadh airson 2021-22 agus an uair sin 2022-27 a' togail air eòlas bho phlana 2015-18 a chur an gnìomh.		Lìbhrig sinn ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail 2018-21 agus fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san t-Sultain. Tha obair air loidhne ri linn Covid air leigeil leinn daoine ùra a ruighinn agus tha seo air a bhith feumail a thaobh in-ghabhaltas agus co-ionnanachd.	
AC55	Cothroman a chruthachadh do dh'òigridh ann an suidheachaidhean dùbhlanach tro phròg̀ram Treòir.		Tha dleastanas air Fèisean a tha a' gabhail pàirt sa phròg̀ram Treòir a dhèanamh cinnteach gu bheil co-dhiù cuid de na cothroman a bhios ann gan tabhann do dh'òigridh a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha a' fulang ri linn buaidhean sòiseo-eaconomaigeach agus/no do chlann sna tràth-bhliadhnaichean.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				
AC56	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach. Tha dùil gum bi na sgaoilidhean seo gan lùghdachadh gu mòr ann am-bliadhna a-rithist leis nach eil luchd-obrach sna h-oifisean againn agus chan eil iadsan, no luchd-ealain, a' siubhail cho tric ri linn suidheachadh Covid.	
AC57	A' cruthachadh Plana Làimhseachadh Gualain airson 2021-22 agus an uair sin 2022-27 a' togail air eòlas bho phlana 2018-21 a lìbhrigeadh.		Chaidh na h-amasan airson 2021-22 nar Plana Làimhseachaidh Gualain aontachadh agus gheibh am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san Dùbhlachd.	

Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC58	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh. Tha cuairt-litrichean gan sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach agus bidh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gan cleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC59	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra.		Faicibh AC38 gu h-àrd airson *Oide*. Chaidh taghadh farsaing a chruthachadh le goireasan ciùil, dràma agus nan tràth-bhliadhnaichean ri fhaighinn air seanail YouTube FèisTV.
AC60	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Cha robh adhartas ann le seo ann an R3.
AC61	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		Faicibh AC43 gu h-àrd airson Fuaran.
AC62	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Tha seo a-nise deiseil agus ri fhaotainn tron cheangal seo (Apple App Store) agus seo (Android).
AC63	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan, gu h-àraid FèisTV.		Chaidh sreath de 8 cuirmean bho Bhlas a shruthadh san t-Samhain cho math ri òraidean air loidhne.

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/gleidheadh ILT (84.5/21)	67.0	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach gu sgìre HIE (£4.4m)	£976,102	Meudachadh san toradh ionmhasail (£360k)	£232,694	Luchd Saor-thoileach ùr (640)	140
Tabhartasan do dh'Fèisean	£224,943	Tabhartasan Eile	£88,230	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean (Tachartasan eile aig FnG)	1,168 (12,123)	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean (air loidhne)	32,779
Tachartasan Cultarach (1,441)	462	Prògraman trèanaidh le teisteanasan air an lìbhrigeadh (264)	28	Piseach air suidheachaidhean airson fàs ann an raointean obrach (1)	1	Bathar/slighean air an leasachadh	1
Seirbheisean stèidhichte no ùra a chaidh an leasachadh (3)	1	Pròiseactan com-pàirteachaidh le gniomhachasan cruthachail crìochnaichte (1)	InG	Pròiseactan bun-structarail coimhearsnachdan crìochnaichte (2)	InG	Buidhnean coimhearsnachd no daoine fa leth ann an sgìre HIE le comasan air an leasachadh (40)	7 (9)
Pròiseactan a tha a' cur ri eaconamaidh na Gàidhlig (1)	1	Toraidhean phoileasaidhean roinneil air an lìbhrigeadh (5)	InG	Pròiseactan a' toirt taic don bhun-structar acadaimigeach (1)	InG	Obair Eadar-nàiseanta	2

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain.	Faicibh AC46 gu AC47 gu h-àrd.
InG2	Cuairtean timcheall làraich eachdraidheil agus dùthchasail air feadh Alba.	Cha do thachair càil gu deireadh R3.

InG3	A' leudachadh phrògraman ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.		Faicibh AC14 gu h-àrd.	
InG4	Òrain Ghàidhlig agus dràma ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ga teagasg airson eòlas a thoirt do dh'òigridh air dualchas na Gàidhlig.		Faicibh AC12 agus AC15 gu h-àrd.	
InG5	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
InG6	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig ann am foghlam foirmeil.		Faicibh AC51 gu h-àrd.	
InG7	Eadar-theangachaidhean agus dearbhadh Gàidhlig do dh' Fhèisean.		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean agus dearbhadh gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.	
InG8	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròghraman eile a leithid Acadamaidhean a' Mhòid.		Faicibh AC47 gu h-àrd.	
InG9	*Beairteas* a stèidheachadh; sgeama a bhios a' toirt chothroman do sgoiltean agus bhuidhnean coimhearsnachd daoine le Gàidhlig a thoirt a-steach airson eòlas a chur air cànan bheairteach agus gnothaichean culturail.		Faicibh AC49 gu h-àrd.	
InG10	Pròghraman Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean agus a-measg bhuidhnean poblach air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC48 gu h-àrd.	
InG11	Iomairt ùr a' cumail taic ri bùiththean-obrach dràma do dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig.		Tha an iomairt 'Sporan' air leantainn agus chaidh obair dràma air adhart ann an sgoiltean far a bheil clann ag ionnsachadh na Gàidhlig san t-Samhain le tionndadh dà-chànanach den fhilm *Mo Bheannachd Ort*.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG12	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Faicibh AC7 gu h-àrd.	
InG13	Taic leantainneach ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean.		Faicibh AC25 gu h-àrd.	
InG14	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh.		Faicibh AC2, AC18 agus AC19 gu h-àrd.	
InG15	Tuilleadh leasachaidh air Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig.		Faicibh AC53 gu h-àrd.	
InG16	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Faicibh AC8 gu h-àrd.	
InG17	Iomairtean airson barrachd òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean.		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG18	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine.		Faicibh AC59 gu h-àrd.	
InG19	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig, gu h-àraid mur a h-eil sin a' tachairt anns na Fèisean, agus a' cruinneachadh agus a' glèidheadh obair ealain ann an cruth didseatach.		Faicibh AC3, AC55 agus AC61 gu h-àrd.	

InG20	Taic shònraichte a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine le feumalachdan taice a bharrachd air tachartasan.		Faicibh AC10 gu h-àrd.	
InG21	Taic a chumail ri 7 Fèisean com-pàirt a bhith aca sa phròg ram Treòir airson ceòladairean air muinntireas.		Faicibh AC55 gu h-àrd.	
InG22	Pàirt a ghabhail ann an rannsachadh neo-eisimeileach air builean Fèisean nan Gàidheal.		Faicibh AC24 gu h-àrd.	
InG23	Plana Pròg raim ùr a chur ri chèile airson 2022-27.		Faicibh AC32 gu h-àrd.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh				
InG24	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean agus, far a bheil e comasach, teisteanas fhaotainn.		Faicibh AC39 gu h-àrd.	
InG25	Pròg raman gus sgilean dhaoine fastaichte agus saor-thoileach a leasachadh, a' gabhail a-steach togail-airgid, stìuireadh, ICT, dìon chloinne agus ciad chobhair.		Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG26	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC44 gu h-àrd.	
InG27	A' cur taic ri sgeamaichean ùghdarraichte do dhaoine òga, leithid Duaisean Dhiùc Dhùn Èideann, Duaisean Ealain agus Duaisean Chrann na h-Alba.		Chan eil sgeama seasmhach aig an ìre seo a tha freagarrach airson nan sgilean a bhios còm-pàirtichean nam Fèisean a thogail aithneachadh.	
InG28	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Faicibh AC45 gu h-àrd.	
InG29	Cothroman coimeirsealta airson a leigeil le luchd-ealain cosnadh a dhèanamh à coimiseanan ùra.		Faicibh AC5 agus AC38 gu h-àrd.	
InG30	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Faicibh AC18 agus AC34 gu h-àrd.	
InG31	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos.		Faicibh AC43 gu h-àrd.	
InG32	Feum a dhèanamh de na sgilean a tha aig daoine òga tachartasan a leasachadh agus a lìbhrigeadh gu h-àraid, ach chan ann a-mhàin, tro Bhliadhna na h-Òigridh agus às a dèidh.		Faicibh AC41 agus AC42 gu h-àrd.	
InG33	Ealla a ghabhail air sgilean agus cuspairean nach eil cho follaiseach anns na Fèisean, an leasachadh tro thachartasan sònraichte le èolaichean bhon roinn chruthachail, agus eisimpleirean de dheagh chleachdadh a sgaoileadh.		Faicibh AC55 gu h-àrd.	
InG34	Taic trèanaidh a thoirt do cheòladairean òga a bhios a' faighinn chothroman tro phròg ram Treòir.		Faicibh AC52 gu h-àrd.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG35	Taic a chumail ri Chèilidhean air Chuairt an t-samhraidh.		Faicibh AC34 gu h-àrd.	
InG36	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	

InG37	App a ghabhadh luchdadh a-nuas a chruthachadh le fiosrachadh mu thachartasan agus na mheadhan airson ionnsachadh na Gàidhlig.		Faicibh AC62 gu h-àrd.	
InG38	Feum a dhèanamh de ghoireasan didseatach airson àireamhan luchd-frithealaidh fhàs, ma dh'fhaodte tro sheirbheis ùr airson tiogaidean a cheannach.		Bidh sinn a' cleachdadh siostam air loidhne airson tiogaidean Blas a reic a tha a' toirt dhuinn cothrom conaltradh ri luchd-cleachdaidh an dèidh làimhe. Tha ar Sgeama Tabhartasan a' cur ghoireasan air loidhne gu feum, mar a tha Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig. Bhon Ghiblean 2020, bha sinn gu bhith ag obair còmhla ri AudienceFinder ach ri linn Covid, chaidh dàil a chur air sin. Tha sinn air a bhith a' cleachdadh Eventbrite son clàraidhean a dhèanamh do thachartasan air loidhne agus leanaidh sinn oirnn leis a' ghoireas seo.	
InG39	Taic a chumail ri cothroman còmhnaidheach ionnsachaidh cruthachail airson òigridh aig ìre sgìreil agus eadar-nàiseanta.		Faicibh AC23 agus AC34 gu h-àrd. Ghabh Ceannard Fèisean nan Gàidheal pàirt ann an co-labhairt eadar-nàiseanta aig Amateo sa Chèitean le riochdairean bho air feadh na Roinn Eòrpa. Tha dòchas ann, an dèidh linn Covid, gun leanadh obair le Amateo agus European Folk Network airson cothroman a chruthachadh do dh'òigridh.	
InG40	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail gach bliadhna.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
InG41	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
InG42	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte le obair shònraichte ann am Bliadhna na h-Òigridh.		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG43	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh.		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
InG44	FèisTV a leasachadh agus com-pàirteachas a thogail leis a' BhBC agus BBC Alba airson stuth a chruthachadh do sgrìn agus craobh-sgaoileadh.		Faicibh AC38 agus AC63 mu FèisTV. Ged nach tàinig càil asta an-uiridh tha tuilleadh chòmhraidhean air a bhith ann le MG ALBA mu dheidhinn co-obrachadh le FèisTV.	
InG45	Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta a ruith às leth Alba Chruthachail.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	
InG46	Com-pàirt ann an Caidreachas Culturach cuide ri SEALL agus Atlas Arts.		Cuide ri SEALL (prìomh bhuidheann) agus ATLAS Arts, bidh Fèisean nan Gàidheal na chom-pàirtiche ann an Caidreachas Cultarach airson sgìre an Eilein Sgitheanaich agus Loch Àillse a fhuair taic de £267k bho Alba Chruthachail.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Faicibh AC1, AC2, AC7, AC8, AC9, AC10, AC11, AC19 agus AC20 gu h-àrd.	
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 500 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Faicibh AC46 gu h-àrd.	
BnG1.3	A' cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean is luchd-obrach.		Chuir a' mhòr-chuid den sgioba crìoch air cùrsa air loidhne le Colaiste a' Chaisteil airson an sgilean gràmair a leasachadh.	

BnG1.4	Ag amas air 18 com-pàirtichean airson 5 latha air loidhne no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC23 gu h-àrd. Chaidh maoin air a comharrachadh airson 5 Latha agus an Sgoil Shamhraidh Dràma a chleachdadh mu choinneamh pròg ram #cleachiaigantaigh.	
BnG1.5	Ag amas air co-dhiù 80 seisean ullachaidh a thabhann do sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dh'ionnsaigh Mòdan ionadail no am Mòd Nàiseanta Rìoghail		Faicibh AC47 gu h-àrd.	
BnG1.6	A' lìbhrigeadh co-dhiù 30 seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean.		Faicibh AC14 gu h-àrd.	
BnG1.7	A' cur dealbh-cluiche ùr air dòigh airson sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le bùth-obrach eadar-obrachail stèidhichte air, is dealbh-cluich ùr eile air dòigh airson sgoiltean le foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh.		Faicibh AC12 agus InG11 gu h-àrd.	
BnG2.1	A' lìbhrigeadh 20 seisean ann an sgoiltean fo sheòl Fèis Blas, is ag amas air àrdachadh àireamhan com-pàirtichean gu 250.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.2	A' cumail co-dhiù 20 tachartas fo sheòl Fèis Blas, is ag amas air àrdachadh àireamhan luchd-amhairc air loidhne gu 31,000.		Faicibh AC22 gu h-àrd.	
BnG2.3	A' stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG3.1	A' cumail co-dhiù 80 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC12 gu h-àrd. Chaidh 71 bùithtean-obrach a lìbhrigeadh gu deireadh R3.	
BnG3.2	A' cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le co-dhiù 10 com-pàirtichean.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG3.3	A' cur air dòigh dealbh-cluich na Nollaige le cuairt timcheall air 6 sgoiltean anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air loidhne.		Gu mi-fhortanach, cha robh taisbeanaidhean beò ceadaichte ach chaidh dealbh-chluich Nollaige a chlàradh agus a shealltainn ann an sgoiltean san Dùbhlachd. Faicibh See AC4, AC12 and AC30 gu h-àrd.	
BnG4.1	A' sruthadh co-dhiù 10 cuirmean air loidhne tro Fèis TV.		Faicibh C38 agus AC63 gu h-àrd.	
BnG4.2	A' leasachadh ghoireasan didseatach agus a' sealltainn fianais air àrdachadh luchd-cleachdaidh de co-dhiù 5% an taca ris a' bliadhna roimhe.		Faicibh AC38 gu h-àrd. Tha againn fhathast ri àireamhan luchd-cleachdaidh a thrusadh.	
BnG4.3	Ma tha riaghailtean teann ri linn a' choròna-bhìoras a' leantainn, gun tèid seiseanan air loidhne lìbhrigeadh tron iomairt #cleachdiaigantaigh, is ag amas air àrdachadh àireamh com pàirtichean gu 4,900.		Faicibh AC3, AC11 agus AC25 gu h-àrd. The e cudromach a ràdh nach eil an aon iarrtas air a bhith ann am-bliadhna leis gu bheil beagan saorsa aig daoine nach robh aca aig an aon àm an-uiridh.	
BnG5.1	Fios as ùr anns gach aithisg air mar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh ann an ùine na h-aithisge mu dheireadh.		Chaidh aithris air a' chiad sia mìosan air adhart do Bhòrd na Gàidhlig fa leth.	
BnG5.2	Fios as ùr anns gach aithisg air suidheachadh ionmhais na buidhne gu h-iomlan.		Fhuair Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh seo agus tha cunntasan riaghlaidh airson R3 mar phàirt den aithisg seo cuideachd.	
BnG5.3	Fios as ùr anns gach aithisg air cunnartan na buidhne, le fios air gnìomhan lasachaidh.		Fhuair Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh seo san Dàmhair. Cha bhi am Bòrd-stiùiridh againn a' faighinn aithisg air cunnartan a làimhseachadh ach uair sa bhliadhna.	
BnG5.4	Fios as ùr anns gach aithisg air mar a tha thathar a chur poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gu		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sin follaiseach anns an pàipearan a bhios gan	

	bheil a' Ghàidhlig na cànan-obrach làitheil agus air a cleachdadh airson rianachd na buidhne.		ullachadh airson coinneamhan a' Bhùird, mar eisimpleir, nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.5	Fios as ùr cho luath 's a tha comasach nuair a tha atharrachaidhean ann a thaobh ballrachd a' bhùird no luchd-obrach na buidhne.		Chan eil atharraichean eile air a bhith ann aig ìre a' Bhùird-stiùiridh agus tha am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/.	
BnG5.6	Geàrr-chunntasan de choinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne air an cur gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha iad air an ullachadh agus aontaichte.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	
BnG5.7	Lethbhreac de dh'aithisg agus cunntasan bliadhnail na buidhne air an cur gu Bòrd na Gàidhlig as dèidh dhaibh a bhith air am foillseachadh.		Chaidh ar n-aithisg bhliadhnail le cuunntasan fhoillseachadh san t-Sultain.	
BnG5.8	Gum bi am buidheann a' leantainn stiùireadh Obair Cothromach aig Riaghaltas na h-Alba.		Chaidh Fèisean nan Gàidheal aithneachadh mar Fastaiche Tuarastal Bith-beò.	
BnG5.9	Gum bi am buidheann is luchd-obrach aca a' leantainn lagh, riaghailtean is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba ri linn a' choròna-bhìoras.		Tha modhan suidhichte againn airson tachartasan a bhios sinn fhìn no na Fèisean a' cur air dòigh agus tha cunnradh mu chumail ri riaghailtean co-cheangailte ri maoineachadh.	
BnG5.10	Gum bi am buidheann a' cur an gnìomh, no ag ullachadh, poileasaidh àrainneachd na buidhne gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.		Faicibh AS57 gu h-àrd. The Poileasaidh Àrainneachd aig Fèisean nan Gàidheal mar-thà feisean.org/wp-content/uploads/FnG-Environmental-PolicyGaidhlig.pdf ged a thèid lèirmheas a dhèanamh air am-bliadhna fhathast.	
BnG6.1	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseict a-rèir an Stiùireadh Aithneachaidh, le fianais as ùr air mar a thathar cur seo an gnìomh anns gach aithisg.		Bidh fianais fa leth aig Bòrd na Gàidhlig ach tha taic a' Bhùird follaiseach anns gach rud a tha air clò-bhualadh, sanasachd agus sna meadhanan sòisealta agus aig bonn ar puist-d.	
BnG6.2	A' foillseachadh co-dhiù 6 sanasan-naidheachd sa bhliadhna airson obair na buidhne a bhrosnachadh agus taic a' Bhùird aithneachadh.		Chaidh co-dhiù 14 sanasan naidheachd a sgaoileadh gu deireadh R3 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.3	Sanasan-naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro-làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.		Bha co-dhiù 8 sanasan naidheachd gan sgaoileadh gu deireadh R3 far an deach aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG6.4	Ag ùrachadh làrach-lìn agus cunntasan mheadhanan sòisealta na buidhne gu cunbhalach le fiosrachadh as ùr air obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh de taic-airgid a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	
BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan Iomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Chan eil an uiread de choinneamhan air a bhith ann am-bliadhna 's a bha a' dol air adhart aig an aon àm an-uiridh nuair a bha #cleachiaigantaigh ga chur air bhonn. Tha conaltradh air a bhith ann le oifigearean fa leth ge-tà.	
BnG7	Gun tèid beachdan a chruinneachadh bho chom-pàirtichean san obair agaibh a bheil iad aontachadh no eas-aontachadh ri na h-abairtean gu h-ìosal, stèidhichte air slatan-tomhais Plana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23, agus iomradh air na freagairtean air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice" • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo sgilean Ghàidhlig a thoirt air adhart"		Tha cothroman gan cruthachadh tron phròg ram againn. Tha obair a' dol air adhart gus fianais a thrusadh tron t-siostam measaidh againn bidh barrachd a' nochdadh mar phàirt den aithisg air a bheil iomradh ann an AC24 gu h-àrd.	

	• "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air cur ris mo bheachd air cho cudromach sa tha a' Ghàidhlig do dh' Alba"			
BnG8	Gum bi a' bhuidheann a' cur nam bliadhnaichean nàiseanta agus eadar-nàiseanta le cuspairean sònraichte a leanas air adhart agus a' toirt aithne dhaibh an lùib na h-obrach agaibh agus sibh a' togail bratach na Gàidhlig mar phàirt den t-sanasachd a nì sibh: • 2021: Bliadhna Cholmcille • 2022: Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba		Faicibh AC12, AC15 agus AC36 gu h-àrd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ge-tà, tha Comhairle na Gàidhealtachd air maoin a phàigheadh dhuinn airson 2021-22 agus tha sinn air oidhirp a dhèanamh a chumail ri targaidean a bh' ann an Aontaidhean Ìre Seirbheis roimhe, 's iad sin taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas a chur air adhart gu soirbheachail.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2021-22. Mar a chaidh a mhìneachadh ann an AC25 gu h-àrd tha bacaidhean fhathast air obair nam Fèis, gu sònraichte leis nach robh cead aca sgoiltean a chleachdadh as t-samhradh am-bliadhna. Bha Fèisean a' dol air adhart air loidhne ge-tà. Fhuair Fèis an Tairbeirt taic luach £11,290 mu choinneamh pròram Treòir agus tha iad air ceòladair agus leas-cheòladair air mhuinntireas fhastadh. Bidh Fèis an Tairbeirt a' tabhann leasanan aghaidh-ri-aghaidh a-rithist bhon Fhaoilleach, mar a bhios Fèis na h-Apainne. Tha planaichean aig Fèis Latharna airson tachartas àbhaisteach sa Ghiblean.	
CEB2	Taic ri pròram obrach Fèisean nan Gàidheal ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid, a' gabhail a-steach: • Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh air loidhne fad seachdain • Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU • Luchd-obrach eile (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean) • Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Àireamh bho sgìre Earra-Ghàidheil) • Fèis Dràma agus dràma ann an sgoiltean - air loidhne • Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre (cosgaisean pro-rata) • Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige san sgìre. • Pròram samhraidh – co-obrachadh le aon Fhèis gach seachdain le tachartas air loidhne		• Tha dà Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean, co-ionnan ri 0.6 ILT. • Tha Oifigearean Lesachaidh Fèisean nan Gàidheal air a bhith a' co-obrachadh air cùisean a chur air dòigh son a' Chruinneachadh Gàidhlig sa Mhàrt 2022. • Bidh Fèisean na sgìre a' faighinn taic eile bhon sgioba air fad. • Ged a tha sinn a' tional àireamhan fhathast, tha grunn sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid air buannachd fhaighinn bhon obair aig Hùb Hàb, film is bùithtean-obrach Meanbh-Chuileag agus an Dealbh-chluich Nollaige a chaidh a shealltainn ann an sgoiltan san Dùbhlachd. • Tha 174 sgoilearan ann an 14 sgoiltean eileanach an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail pàirt sa phròram Treòir | Voar | Virr aig Fèisean nan Gàidheal. • Ghabh cuid de sgoilearan Earra-Ghàidheal is Bhòid pàirt sa phròram #cleachiaigantaigh. • Gu mi-fhortanach, cha b' urrainn do na Cèilidhean air Chuairt a dhol air adhart a-rithist am-bliadhna.	

	• Taic a chumail ri Fèis Latharna airson a shol air adhart san Dàmhair aghaidh ri aghaidh no air loidhne • Taic ri Fèis Thiriodh a dhol an sàs ann an obair gus barrachd Ghàidhlig a chur gu feum sna tachartasan aca a' cur ri tuilleadh chothroman cleachdadh na Gàidhlig ann an Tiriodh.		• Ged a chaidh còmhraidhean a chumail le Fèis Thiriodh mu oidhirp barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh san sgìre aca, tha coltas ann gu bheil meòrachadh a' dol air adhart mu iomairt ionadail no dhà an-dràsta. • Chaidh 7 oidean fhastadh gu cunbhalach a' tabhann 331 seiseanan Blasad Gàidhlig do 293 sgoilearan ann an 9 sgoiltean ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid air a chur air dòigh leis an t-seirbheis Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg̀ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Gearran 2022

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2022.02(b)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

13.12.21 Coinneamh le Bòrd na Gàidhlig airson bruidhinn mu chùmhnant 2022-23
20.12.21 Coinneamh le HIE airson daingneachadh suidheachadh taice san àm ri teachd
20.12.21 Coinneamh le Steve Westbrook agus Sandaidh MacAnndrais
11.02.22 Coinneamh de Bhuidheann Ealain Traidiseanta Alba Chruthachail
12.01.22 Coinneamh le Gary Innes mu 'Hoolie in the Hydro'
14.01.22 Com-pàirt ann an tachartas Sabhal Mòr Ostaig is eile mu choimhearsnachdan Gàidhlig
17.01.22 Coinneamh de cheannardan nam buidhnean Gàidhlig
17.01.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
19.01.22 Coinneamh de sgioba Fèisean nan Gàidheal
21.01.22 Còmhradh le Joy Dunlop mu Sheachdain na Gàidhlig
24.01.22 Coinneamh le Simon McKerrell mu rannsachadh air ceòl na Gàidhealtachd 's nan Eilean
25.01.22 Coinneamh le Oifigearan Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal
26.01.22 Coinneamh le Magaidh Choineagain mu cho-obrachadh le Sabhal Mòr Ostaig
26.01.22 Coinneamh le riochdairean bho XpoNorth
01.02.22 Coinneamh de bhuidheann-planaidh Blas
02.02.22 Coinneamh Urras Dhòmhnaill Iain MhicAoidh
08.02.22 Coinneamh de phanail Tasgadh
09.02.22 Coinneamh de Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig
10.02.22 Coinneamh le Fiona Dalgetty, Fèis Rois, airson barrachd fhaighinn a-mach mu Dandelion
14.02.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
16.02.22 Còmhradh mu sheirbheisean bancaidh
21.02.22 Coinneamh de cheannardan nam buidhnean Gàidhlig
24.02.22 Còmhradh ri Cristie Moore mu Chruinneachadh Gàidhlig Earra-Ghàidheil
24.02.22 Coinneamh le Coinneach Moireasdan, Sgioba nan Eilean, mu Trèoir | Voar | Virr
25.02.22 Còmhradh ri Iseabail Nic an t-Sagairt mu bhuidheann ùr ministeireil
01.03.22 Coinneamh de bhuidheann-planaidh Blas
04.03.22 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur mi mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2020-21. Phàigh sin a-mach airgead ath-slànachadh Covid aig deireadh Am Mhàirt. Phàigh sin a-mach a' chiad cuid de airgead Treòir cuideachd. Thèid airgead tabhartasan 2021-22 a-mach a-rèir iarrtais.
- Pàigh mi mach airgead airson Maoin Leasachadh nam Fèisean aig deireadh na bliadhna ionmhais.

- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Sandy Gray feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Chaidh maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a bha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan.
- Bha mi trang chur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2021 air 24 Sultain 2021. Bha sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Beinn Uais, Strath Pheofhair agus bha 62 an làthair uile gu lèir.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson na co-òrdanaichean.
- Chan eil iarrtas mòr air a bhi air ionnsramaidean chùil a chur a-mach gu ruige seo. Tha Luke a' coimhead às deidh seo a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn. Chaidh accordions a chur air dòigh cuideachd.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2022.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 20/21 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach agus tha airgead air tighinn a-staigh.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Fhuair Fèis an Tairbeirt, Fèis a' Bhaile, Fèis Spè, Fèis na h-Oige, Fèis Latharna agus Fèis na h-Apainne an cothrom seo. Tha 24 duine air pairt a ghabhail an trèanadh Dìon Chloinne. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Tha Luke a dèanamh trèanadh larach-lin bhon taigh còmhla ri luchd-obrach mar a bhios a' dhìth. Rinn Eilidh C trèanadh InDesign còmhla ri Luke.
- Tha sinn a' cuideachadh Fhèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar air-loidhne.
- Bha mi a' cur air doigh litrichean agus pàigheadh airson Tasgadh. Thèid aig Luke seo a' dhèanamh a-nis agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh, Treòir (Fèisean) , Treòir|Voar|Virr agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke a' toirt taic dhomh le seo a-nis.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Samhain 2021. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
- Bha 2 Chèilidh air Chuairt a' ruith ann an 2020-21agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach dhaibh. Bha trèanadh ri dhol air adhart air air-loidhne aig Fèis Alba.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh ga sgioblachadh ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire agus Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais agus a cur a-mach foirm iarrtas gu Iomairt na Gàidhealtachd aig deireadh gach ràith.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Peigi Ann, Eilidh NicCarmaig, Laura agus Nicola. Thàinig Laura, a bha air forladh maithaireil, air ais pàirt-ùine anns an Òg-mhios. Thoisich Peigi Ann Shields còmhla rinn anns a' Chèitean agus Eilidh NicCarmaig anns an Ògmhios. Bha Lauren Ann Nicilleathain air Sgeama Greis Gnìomhachais.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine air-loidhne còmhla ri Kaye NicLeòid bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 31 Dùbhlachd 2021
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg ann airson na coinneimh seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2021.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha an sgioba leasachaidh air a bhith ag obair gu dlùth ri na Fèisean airson coimhead air an obair a tha iad air a bhith dèanamh agus na tha fainear dhaibh san àm ri teachd airson dèanamh cinnteach gu bheil an taic as fheàrr aca mar a bhios iad a' dèanamh barrachd agus a' gluasad air ais gu pròraman mar a bh' aca roimhe.

Dh'ullaich mi foirm tabhartais ùr a tha nas simplidh 's tha mi an dòchas gu bheil sin air a bhith na chuideachadh do na comataidhean.

Tha mi a' cumail taic is stiùir cunbhalach ris an sgioba leasachaidh a tha dèanamh obair mhòr le na Fèisean agus le na pròiseactan eile anns a bheil iad an sàs.

Tha 8 phrìomh cheòladairean agus 10 leas-cheòladairean air am fastadh mar phàirt den phròiseact Treòir 's tha cùisean air a bhith dol glè mhath dha na Fèisean a tha an sàs. Tha mi a' cumail taic ris

an sgioba leasachaidh leis na diofar ghnìomhan a tha mar phàirt den phròiseict ‘s tha mi cuideachd a’ cumail taic is stiùir ri comataidh is ceòladair Fèis an Earraich.

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2021 agus Blas 2022

Tha mi air aithisg ullachadh mu Blas 2021 ‘s tha sin a’ nochdadh ann am paipearan a’ bhùird. B’ e fèis gu math soirbheachail a bh’ ann le fìor dheagh mholadh bho feadhainn a bha an làthair.

Tha sinn air tòiseachadh le planaichean airson Blas 2022 ‘s bho chionn ghoirid chaidh co-dhùnadh a dhèanamh le buidheann prògramaidh na fèisean tachartas a’ ghluasad air ais dhan t-Sultain, an àm a b’ àbhaist an fhèis a bhith air a chumail.

Chuir mi fiosrachadh mun choimisean airson na bliadhna sa ri chèile ‘s tha sin air a shanas an-dràsta. Tha sinn an dòchas gun tig molaidhean air adhart bho luchd-ciùil a bhios a’ comharrachadh sgeulachdan Gàidhelach leis gu bheil Alba a’ comharrachadh ‘Bliadhna nan Sgeul’ ann an 2022.

Trèanadh Luchd-obrach

Air sgàth Covid cha b’urrainn dhuinn tighinn còmhla san Dùbhlachd mar a bha dùil airson trèanadh Gàidhlig a dhèanamh. Thèid seo air adhart a dh’aithghearr ‘s bidh sinn a’ coimhead air cothroman trèanaidh eile ann an taghadh farsaing de chuspairean airson ar cuideachadh as an obair anns a bheil sinn an sàs.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg

Tha cuid de luchd-teagaisg an sàs le clasaichean Gàidhlig cunbhalach an-dràsta. A thuilleadh air sin bidh làithean trèanaidh ga chur air air dòigh aig deireadh a’ Mhàirt ann an taghadh de chuspairean.

Beagan mìosan air ais rinn mi trèanadh air JotForm is EventBrite le Fèisean ‘s tha mi an dùil a bhith dèanamh barrachd dhan a seo le Fèisean nach robh an làthair air an oidhche sin. Bidh cuid de saor-thoillich an sàs ann an trèanadh Ciad Cobhair air na mìosan a tha romhain, ‘s fhad ‘s a tha sinn a’ dèanamh na formaichean tabhartais tha sinn a’ gabhail beachd air an seòrsa trèanadh a tha dhìth air na comataidhean ‘s thèid coimhead ri na feumalachdan seo san àm ri teachd.

Fuaran

Chaidh na h-òrain fhoillseachadh as na beagan mìosan a dh’fhalbh ‘s bha e uamhasach math gun d’fhuair cuid dha na seinneadairean an cothrom a bhith an làthair aig a’ choinneamh bhliadhnail agus cuideachd aig Blas airson na h-òrain a chruinnich iad a sheinn.

Tha sinn air tòiseachadh air còmhradh a dhèanamh mun an ath-shreath de Fuaran agus beachdachadh air pròiseactan dualchais eile.

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Cleachdiaigantaigh

Tha Café Bheairteis fhathast a’ ruith gach seachdain ‘s bha tòrr chothroman againn mar phàirt de Bhlas cuideachd.

5Latha

Thèid 5 Latha a chumail eadar 4-9 Giblean 2022. Bha iarrtas mòr ann am bliadhna le barrachd iarrtasan na bha comasach dhuinn a ghabhail. Bidh 22 òigear againn bho air feadh Alba ‘s tha mi an-dràsta a’ cur crìoch air planaichean airson an tachartais.

Thèid beachdachadh air tachartas eile a chumail nas fhaide air adhart air a' bhliadhna ann an coimhearsnachd eile.

Tac an Teine
Ged nach do chum sinn Tac an Teine son greis a-nis, tha sinn air a bhith ag obair leis a' Chomunn Gàidhealach air seiseannan seinn le seinneadairean bho air feadh na dùthcha dhan stiùireadh. Air a' bhliadhna a dh'fhalbh chaidh 17 seiseananan a chumail le còrr is 500 a' gabhail pàirt annta. Bha na seiseanan seo air a' mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig 's chaidh iad a chumail air-loidhne tro Zoom.

Bidh sinn a' cumail Tac an Teine a-rithist air Disathairne 26 Màrt mar phàirt de Seachdain na Gàidhlig.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Thèid na h-ath sreathan de leasanan ciùil fhoillseachadh a dh'aithghearr.

Chaidh 11 thachartasan a sruthadh mar phàirt de Bhlas 2021.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Ged a tha sinn fhathast ag obair bhon taigh tha ceumannan a-nis air a ghabhail gus gluasad air ais don oifis co-dhiù pàirt dhan ùine. Tha an sgioba a' faighinn air adhart gu math agus ag obrachadh gu math cruaidh air pròg ram farsaing de dh'obair. Tha conaltradh cunbhalach a' leantainn fad na h-ùine agus taic mhath ga chumail dha chèile.

Coinneamhan is eile
Coinneamh le Steve Westbrook is Sandy Anderson (20/12)
Coinneamh le Iomairt na Gàidhealtachd agus HIE (26/1)
Coinneamh le Fèis an Earraich (1/2)
Coinneamh de Bhuidheann Pròg ramaidh Blas (1/2)
Coinneamh le Fèis Thròndairnis (8/2)
Coinneamh de Bhuidheann Thar-Phartaidh na Gàidhlig (9/2)
Coinneamh le Dougie Brown agus Claire Clark bhon Gathering (14/2)
Agallamh le Radio nan Gàidheal (23/2)
Coinneamh de Bhuidhean Pròg ramaidh Blas (1/3)

Name	Eilidh NicCoinnich
Position	Manaidsear Fèisgoil

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tha sgioba Blasad Gàidhlig agus Treòir|Voar|Virr a' fàs a-rithist is chuir sinn seiseanan taic air loidhne don fheadhainn ùra.

Tachartasan Treànaidh:
Tha mi ag obair còmhla ri Laura is Nicola seiseanan trèanaidh do dh'oidean FnG air fad a chur air doigh. Tachraidh seo tro Seachdain na Gàidhlig (23.03.22, 24.03.22 & 26.03.22) le cuspairean mar 'Gàidhlig ann an seiseanan drama agus seiseanan ciùil', 'Sgeulachdan', 'Ag ionnsachadh air blàr a-muigh' agus 'Sgilean Pod-chraolaidh' nan measg.

Sabhal Mòr Ostaig: Dà Òraid/Bùithean-obrach air "Taic do luchd teagaisg FtMG
10.02.22: Dh'ullaich agus lìbhrig mi seisean air-loidhne do dh'oileanaich agus luchd obrach SMO – le bun-fhiosrachaidh air FnG, agus fios mu na goireasan ealain cruthachail agus tursan/fiomaichean a th'againn agus molaidhean bunaiteach mun dòigh as fheàrr air seinn a theagasg nuair nach eil thu nad sheinneadair neo neach-ciùil misneachail.
17.02.22: Dh'ullaich agus lìbhrig Eilidh NicCarmaig seisean air-loidhne do dh'oileanaich agus luchd-obrach SMO – cuspairean mar Goireasan Ceòl Gàidhlig san fharsaingeachd agus cothrom tòrr òrain freagarrach ann an diofar suidheachain a' feuchainn le gniomhan is a leithid.

Oidean	Seiseanan	Oileanaich an làthair	Luchd-obrach SMO
2	2	15 gach turas	3 gach turas

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA
Hùb Hàb 2022 – fiolmaichean x2 le Ceitidh NicPhàrlain agus Pablo Lafuente - faicibh aithisg Aonghas MacLeòid airson fiosrachadh mionaideach.

CÀNAN
Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd. Tha sia sgìrean air bòrd le Blasad Gàidhlig an teirmsa; is iad An Eaglais Breac, Glaschu, Earra Ghaidheil is Bòid, Dùn Dè, Dùn Bhreatainn an Iar agus Àir a Deas.

Bha còmhradh againn le muinntir Còmhairle Dùn Bhreatainn an Iar mu leasachadh le barrachd sgoiltean. As deidh fios mu cosgaisean a chur thuca tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh bhuapa. Faicibh cuideachd aithisg aig Eilidh NicCarmaig.
Duais: 04.02.22: Fhuair FnG duais cho-obrachaidh bho Còmhairle Baile Ghlaschu, Duaisean Chànain 2022 agus fhuair gin de na h-oidean FnG, Mairead NicNeacail duais oide.
Teirm 3 (Am Faoilleach- An Giblean):

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
19	23	1087	1914

E-sgoil: Ann an co-obrachadh le e-Sgoil tha Fèisgoil a' lìbhrigeadh seiseanan dràma air-loidhne do clann bun-sgoile agus seiseanan Bheairteis do clann ann an clas 7 aig bun-sgoil agus an òigridh san àrd-sgoil.

Teirm 3 2021-2022 (Am Faoilleach – An Giblean)

Dràma le Raonaid Cheanadach.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	8 sgoiltean; 11 clasaichean	30tbc (fhathast a ruith)	tbc

Beairteas Teirm 3
1. Màiri Anna NicUalraig & Babs NicGriogair 23.02.22

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	tbc	2	tbc

2. Ceitlin Lilidh & Jayne NicLeòid 09.03.22

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	tbc	2	tbc

3. Iain MacLeòid & Hamish MacLeòid ceann làtha an teirmsa fhathast ri dhearbhadh

gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	tbc	2	tbc

CEÒL

ICO tha a' mhòr chuid de na sgìrean deiseil mar tha airson bliadhna ionmhais 2021-2022 le na seiseanan aca air a lìbhrigeadh, cuid air-loidhne agus cuid aghaidh-ri-aghaidh mar a bha HLH an dùil. Tha seiseanan ann an Inbhir Narainn Narainn fhathast ri dhol agus chur Eilidh NicCarmaig clàr-

ama air doigh le 4 oidean gan lìbhrigeadh ann an 4 sgoiltean/8clasaichean le 138 clann sgoile an sàs.

Treòir | Voar | Virr: Le maoin-airgid bho Riaghaltas na h-Alba, 's e pròiseact gu math mòr a th'ann an TVV, a' tachairt thairis air chuid as motha de na h-eileanan air feadh Alba. Tro an raith seo, b'e TVV fhathast mar a' phrìomh phròiseact agam.
Chuir mi a' chiad aithisg TVV air doigh ann an Dùbhlachd agus fear eile sa Ghearran, mar a bha mi an dùil, le rannsachadh cùise na chois an dàrna thuras.

Bha buaidh covid fhathast air cuid de na seiseanan ach tha a' mhòr chuid de na h-oidean agus na sgoiltean gu math sùbailte agus deònach obair a dhèanamh air-loidhne.
Anns na sgoiltean CnES tha sinn a' lìbhrigeadh na seiseanan le gin de na h-oidean air loidhne is neach eile aghaidh ri aghaidh sa sgoil.

	as of 18.02.22	By end of project
Local Authorities	6	6
Schools	76	80
Classes	N/A	92
Sessions	N/A	1,656
Pupils	1,305	1,390
Tutors	53	61
UHI sign ups	28	28
Languages/Dialects	4	4

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Pròiseactan fa leth: Tro TVV bha cothrom air leth aig FnG sanasachd a dhèanamh leis an dùil luchd lìbhrigidh is luchd èisteachd ùr a' tarraing air bòrd. Tha 61 oidean an sàs ach cha robh ach 14 ag obair mar oide FnG gu ruige seo.

Eòlas air a' Ghàidhlig:
Còmhairle Mhoireibh:ged a bha còmhraidhean agam le neach obrach Chòmhairle Mhoireibh mu Eòlas air a' Ghàidhlig cha bhith sinn a' lìbhrigeadh na seiseanan ro deireadh a bhliadhna ionmhais nas motha, mar a bha sinn an dùil. Ach tha iad airson seiseanan a chur air doigh sam àm ri teachd agus tha sinn an dòchas gum bidh barrachd fiosrachaidh ri fhaotainn bhuapa a dh'aithghearr.
Ùghdarras Poilis na h-Alba: tha mi ann an conaltradh le neach obrach UPA mu seisean bun-fhiosrachaidh a chur air doigh dhaibh as deidh an dàrna Phlana Gàidhlig aca air ullachadh, gus ambi e air fhoillseachadh.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Tron raith seo bha coinneamhan agam, nan measg, MEPG, oidean TVV, luchd teagaisg agus ceannardan sgoile, luchd obrach ughdarasan ionadail an sàs le Gàidhlig mar cànan a bharrachd agus neach obrach sgioba nan eilean aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha cùisean pearsanta car doirbh dhomh an dràsta ach bha luchd obrach FnG agus Eilidh NicCarmaig gu h-àraidh a' toirt iomadach taic dhomh sna seachdainean a dh'fhalbh. Tha mi taingeil gu bheil Fèisgoil a-nise ann an suidheachadh far a bheil dithis againn ag obair gu dlùth agus doigh ann co-obrachadh a dhèanamh air na diofar pròiseactan.

Ainm	Nicola Simpson
Dreuchd	Àrd Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Bidh clasaichean seachdaineil a' ruith gach Dimàirt agus Disathairne

- Bidh Priomh Fhèis a' dol air adhart eadar 18 – 22 den Iuchar
- Tha mi a' toirt taic don Fhèis le plana airson leabhar-teagaisg a chruthachadh

Fèis a' Bhaile
- Tha plana ann airson dà là Fèise tro làithean-saora na Càisge
- Bidh an Fhèis a' tòiseachadh club bogsa ùr sa Ghiblean.
- Bidh na clasaichean dannsa-ceum a' toiseachadh a-rithist às dèidh àm na Càisge
- Bidh an Fhèis a' ruith latha Fèise airson deugairean agus inbhich san t-Ògmhios le consairt air an fheasgar le Charlie McKerron, Ross Ainslie agus Marc Clement.

Fèis Inbhir Narainn
- Tha na clasaichean leantainneach a' cumail a' dol air-loidhne.
- Bidh an Fhèis ag obair le luchd-obrach bho Choimhairle na Gàidhealtachad agus FnG airson clas drama ùr a thoiseachadh airson clann ann an Inbhir Narainn.

Fèis Obar Dheathain
- Bidh am prìomh Fhèis a' dol air adhart aghaidh ri aghaidh aig toiseach a' Ghiblein 2022.

Fèis Chataibh
- Cuiridh mi coinneamh air dòigh anns na mìosan a tha romhainn gus comataidh ath-stèidheachadh.

Fèis Spè
- Bidh na clasaichean leantainneach agus na còmhlain a' cumail a' dol aghaidh ri aghaidh.
- Tha am proiseact Treòir aig Fèis Spè a' dol air adhart agus thadhal an Ceòladair air Mhuinntireas air a h-uile sgoil-àraich san sgìre anns na mìosan a chaidh seachad. Cuideachd, tha clas giotàr ùr ann agus tha e a' dol glè mhath.
- Bidh latha Fèis ann an Talla Coimhearsnachd Coit a' Ghartain air an 26mh den mhìos seo
- Bidh an coinneamh bhliadhnail a' gabhail àite air a' chiad latha den Mhàrt.

Fèis Ghallaibh
- Bidh an comataidh a' coimhead air planaichean airson na bùithtean-obrach aca a thòiseachadh a-rithist anns na mìosan ri thighinn oir tha an sgoil a-nis ri fhaighinn air màl a-rithist.

Fèis Mhoireibh
- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean seachdaineil.
- Tha an Fhèis an dùil latha Fèise a chuir air doigh aig àm na Càisge ach feumaidh iad planaichean a dhearbhadh.

Fèis Lochabair - Pròiseact Danns Gleann Urchaidh.
- Fhuair Fèis Lochabair cuireadh an t-seachdain seo a bhith mar phàirt de tachartas airson latha eadar-nàiseanta dannsa ann an Dùn Èideann aig deireadh a Ghiblean. Bidh còmhradh agam le Jane MacNeil, Jen Schoonover agus Mats Melin a dh'aithghearr airson planaichean a chuir air dòigh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Treòir
- Air an 11mh den Fhaoilleach, chuir mi air dòigh seisean trèanaidh airson na ceòlaidearan a' coimhead air feumalachdan taic a bharrachd. Bha an seisean seo air a libhreagadh le Karl

MacRath, neach-ealain agus ceòladair a tha fuireach ann an Dùn Èideann, le tòrr eòlas air a' chuspair seo.

Fèis Alba/Ceilidh Trails

- Tha mi an dòchas gum bi Fèis Latharna, Fèis Lochabair, Fèis Fhoirt, Fèis Phaislig and Fèis an Earraich a' ruith Cèilidhean air Chuairt thairis air an t-samhraidh. Cuideachd, bidh an còmhlan cèilidh Fèis Spè, Monadh Ruadh a' cluich anns an sgìre ionadail aca fhein.

- Tha mi a' feitheamh airson freagairt bho Chomhairle na Gàidhealtachd am bi ostail Sgoil a' Phluic ri fhaighinn air màl airson Fèis Alba ach bidh sinn a' ruith seachdain trèanaidh airson na Cèilidhean air Chuairt co-dhiù.

- Bha coinneamh agam le Ali Mhoireach agus Raonaid Walker aig WHC an t-seachdain sa chaidh agus bidh sinn ag obair còmhla airson cothroman a thoirt do chom-pàirtichean nan Cèilidhean air Chuairt NPA a dhèanamh mar phàirt den obair aca tron t-samhraidh.

Sruth

- Gu mi-fhortanach cha robh e comasach dhuinn a dhol air adhart leis a' phròiseact a bh' againn airson comharrachadh Colmcille 1500 ach le aontachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, tha sinn air am pròiseact atharrachadh agus bidh e a' dol air adhart aig deireadh an t-samhraidh agus toiseach an fhoghair.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Làithean Trèanaidh – Tha mi ag obair le Laura agus Eilidh airson seiseanan trèanaidh a chur air doigh airson oidean Fèisgoil, Fèisean agus T/V/V. Bidh na seiseanan a' tachairt tro Seachdain na Gàidhlig aig deireadh a Mhàrt agus bidh sinn a' coimhead air Gàidhlig, sgeualachdan, sgìlean pod-craolaidh agus ionnsachadh a-muigh.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean nuair a tha e iomchaidh.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh

Bidh mi a' lìbhrigeadh seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamhan a' bhùird agus a' toirt taic do na Fèisean far a bheil taic le dearbh-leughadh a dhìth.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh

Thathar a' tabhann chothrom-cosnaidh agus cothroman gus sgilean a leasachadh do chleasaichean le Gàidhlig tro phròiseactan leithid Hùb Hàb, Meanbh-chuileag, Sporan agus am panto Gàidhlig. Chaidh neach òg fhastadh mar chleasaiche anns an fhilm Hùb Hàb ùr: Ri Fuine is Fealla-dhà. Chaidh òganach eile fhastadh gus an obair-filmaidh airson gach film a dhèanamh agus na pìosan ciùil agus òrain a chlàradh agus a mheasgachadh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Meanbh-chuileag 2021: Mo Bheannachd Ort! Premiere
Chaidh taisbeanadh poblach den fhilm Mo Bheannachd Ort! a shruthadh air duilleag Facebook Fhèisean nan Gàidheal air Dimairt 7 Dùbhlachd. Chaidh dreach eile den fhilm le fo thiotalan ann am Beurla a shruthadh aig an aon àm air duilleag Facebook Fèis Blas.

Sporan 2021 – Mo Bheannachd Ort! Bùthan-obrach
Thèid na bùthan-obrach dràma a bhathar an dùil a thabhann do bhun-sgoiltean as t-fhoghair a' lìbhrigeadh sa Mhàirt 2022.

Hùb Hàb 2022 – Film 1
Anns an Dùbhlachd rinn mi planaichean gus film Hùb Hàb eile a' riochdachadh le dùil ga thabhann air loidhne sa Mhàirt 2022. Anns an Fhaoilleach, toiseach a' Ghearrain sgrìobh mi sgriobt le ceithir òran ùra na chois. Thug Eilidh NicCarmaig agus Eilidh NicCoinnich taic seo gus na h-òrain seo a leasachadh. Chaidh Ceitidh NicPhàrlain fhastadh mar chleasaiche agus sheinneadair san fhilm. Chaidh Pablo Lafuente fhastadh gus an obair-filmaidh a dhèanamh, ceòl-taic a chluich 's na seiseanan-ciùil a chlàradh. Thug mi stiùireadh dhaibh anns a' Ghearran ann an coinneamhan Zoom mus deach an obair-filmaidh air adhart ann an Àird Ruigh. Dheasaich mi an fhilm meadhan a' Ghearrain agus aig toiseach a' Mhàirt chaidh ceangal dhan fhilm a' sgaoileadh air sgoiltean 's sgoiltean-àraich a sheall ùidh ann. Chaidh seisean air loidhne stèidhte air an fhilm a thabhann do na buidhnean seo cuideachd. Thèid na seiseanan seo a' lìbhrigeadh sa Mhàirt le Ceitidh NicPhàrlain.

Thathar an dùil taisbeanadh den fhilm a shruthadh air loidhne air duilleag Facebook Fhèisean nan Gàdiheal rè Seachdain na Gàidhlig a ghabhas àite eadar 21 agsu 27 Màrt 2022.

Hùb Hàb 2022 Film 1 - Sanasachd agus Goireasan Foghlaim
Thug Luke Slater agus Eilidh NicCarmaig taic dhomh gus postair agus goireas-foghlaim ceangailte ris an fhilm a chruthachadh stèidhte air an fhilm. Lorgar na goireasan seo air ar làrach-lìn aig feisean.org/feisgoil/hubhab/

Hùb Hàb 2022 – Film 2
Thathar a riochdachadh film a bharrachd le Ceitidh NicPhàrlain an dràsta le dùil gum bi e deiseil aig deireadh a' Mhàirt. Thèid am film a thabhann do bhun-sgoiltean agus sgoiltean-àraich ann an 2022/23.

Clubaichean Dràma
Le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd bidh mi a' lìbhrigeadh club dràma as dèidh na sgoile do chlann bun-sgoile ann an Inbhir Narainn. Bidh a' chlub a coinneachadh son a chiad uair air Diciadain 2 Màrt aig Bun-sgoil Bruach na Muilne.

Tha mi ann an conaltradh le luchd-obrach sgioba Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus luchd-teagaisg roinn Ghàidhlig Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis mun bheachd club dràma thòiseachadh son sgoilearan an sin às dèidh làithean-saora na Càisge.

Sgoil-Shamhraidh Dràma 2022
Tha mi ann an conaltradh le ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh mu na cothromanan a th'ann sgoil-comhnaidh stèidheachadh ann as t-samhradh sa.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Thèid naidheachd mu na pròiseactan dràma a th'air an lìbhrigeadh tro Fèisgoil fhoillseachadh 's a shanasachd gu cunbhallach tro ar làrach-lìn 's na cunntasan meadhanan-sòisealta againn. Chaidh naidheachd mun phanto agus an taisbeanadh poblach den fhilm air 16 Dùbhlachd air 7 Dùbhlachd agus fhoillseachadh air ar làrach-lìn, Facebook, Twitter agus Instagram.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:

Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ – an dràsta 's a-rithist (Skype)
Sgioba Fèisgoil Eilidh NicCoinnich & Eilidh NicCarmaig an dràsta 's a-rithist (Skype)
Sreath-stiùiriche – thèid coinneamhan a chumail ma bhios taic a dhìth (Skype)

Hùb Hàb 2022 – Film 1

Chaidh dà sheisean Zoom le Pablo Lafuente agus Ceitidh NicPhàrlain a chumail air 1 agus 11 den Ghearran 2022.

Moladh gus club dràma às dèidh na sgoile thòiseachadh

Air 20/01/22 chaidh coinneamh Teams a chumail le Margaret Mulholland, Oifigear Leasachaidh agus Ionnsachaidh Coimhearsnachd na Gàidhlig bho Chomhairle na Gàidhealtachd mun obair a bhios agam a' lìbhrigeadh club dràma às dèidh na sgoile ann an Inbhir Narainn.

Ainm	Laura NicNeacail
Dreuchd	Oifigear Pròiseactan

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Chan eil mi air taich dìreach a chur ris nam Fèisean an-dràsta.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Sruth

- Tha mi air a bhith a' chuideachdadh Nicola le cruth eile a chur air pròiseact Sruth. A-niste bidh deireadh-seachdain agaidh ri agaidh le Òigridh a Dh'Alba is a Dh'Èirinn san Lunastal ann an Alba, is san Dàmhair ann an Èirinn. Dh'obraich sinn air buidseat, clàr-ama is paipear do Bhòrd na Gàidhlig.

Treòir | Voar | Virr

- Chuidich mi Eilidh M le siubhal do dh'oidean.
- Chruthaich mi pasgan de goireasan airson na meadhanan soisealta agus airson am podcast a bhios na h-oidean agus na sgoiltean a chur gu feum, tha mi a' cumail sùil orra is ann an conaltradh leis na sgoiltean nuair a thathar feumach air taic leotha.

Làithean Trèanaidh

- Thèid làithean trèanaidh do Dh'Oidean a steidheachadh sa Mhàirt tro seachdain na Gàidhlig. Tha mi air a bhith ann an conaltradh le oidean son feadhainn de na cuspairean againn, rinn mi postair is Eventbrite air a shon cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Seachdain na Gàidhlig

- Chuir mi liosta ri ceile air na tachartasan àibheastach againn is tha mi air a bhith ag obair air tachartas no dhà gu sònraichte leis an sgioba. Tha mi ann an conaltradh le Grant bho Seachdain na Gàidhlig is tha sinn smaoineachadh air ruidegin mar bhideo beag leis na Fèisean airson comharrachadh a' chiad Seachdain na Gàidhlig is a shealltinn gu bheil na Fèisean air fad an-sàs le Gàidhlig.

Oide

Thèid sreathan ùra de Dh'Oide a chur air bhog tro Seachdain na Gàidhlig. Thèid Latha Fèise a chumail le feadhainn de na h-Oidean againn air 26/03/22.

Oide	Cuspar / Ionnsramaid	Dèanta?
Ainsley Hamill	Dannsa-ceum	Tha
Anna Garvin	Piana	Fèitheamh air Anna
Aonghas MacCoinnich	Fideag	Tha
Calum McIlroy		Tha
Chloe Bryce	An Fhidheall	Tha
Grant McFarlane	Bogsa-ciùil	Tha
Rachel Hair	Clàrsach	Tha
Ron Jappy	Giotar	Tha
Deirdre Greumach	Òran Gàidhlig	Tha

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Tha mi a' cuideachdadh an sgioba leis na meadhanan-sòisealta bho àm gu àm le sanasachd no tachartasan sònraichte mar LàAbairtnaGàidhlig.

Chaidh mìosachan na Nollaige air am foillseachadh gach latha tron Dùbhlachd airson a shealltainn cho fad is farsaing a tha buaidh nam Fèis.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Tha mi an lathair aig coinneamh luchd-obrach Inbhir Nis a' tachairt gach Dimàirt.

Ainm	Karen Oakley
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean gu lèir

- Ùrachadh air goireasan do Fèisean mu CHOVID leithid postairean agus teamplaid fiosrachadh do òigridh, pàrantan, oidean, luchd-comataidh. Roinn mi seo leis an Sgioba Leasachaidh.
- Còmhraidhean le 11 Fèisean mun suidheachadh aca (comataidh, taic, cnapan-starra). Comhairle is taic practaigeach do 10 Fèisean thairis Zoom, fòn is post-d is aghaidh ri aghaidh le iarrtasan do Sgeama Tabhartais nam Fèisean.

Fèis na h-Apainne
Buthan-obrach mìosail a' tòiseachadh a-rithist 6mh Màrt
Taic practaigeach do Sheena Reid is Roo Geddes air thoiseach air a' chiad bhùth-obrach Fèise ann an corr is dà bhliadhna. Tha na h-àireamhan a th' air clàradh mar thà nas àirde na bha an dùil a bhiodh aig an ìre seo.

Fèis na h-Òige
Còisir na h-Òige, Bùth-obrach mìosail a' tòiseachadh a-rithist 17mh Màrt
Taic practaigeach a' lorg oidean airson na bùthan-obrach

Fèis Thiriodh
Prìomh Fhèis (Samhradh 2022), Comharrachadh 30 bliadhna (Sultain)
Beachd don Fhèis air iomairtean Gàidhlig Fèisean eile is iomairtean ionadail
Comhairle is taic le planadh na Prìomh Fhèis aig coinneamh (24 Faoilleach) is air post-d
Taic practaigeach le buidseat airson comharraichean 30 bliadhna.

Fèis Latharna
Clasaichean seachdaineil, Fèis na Càisge (4-8 Giblean)
Taic practaigeach le Fèis na Càisge is clasaichean leithid cùmhnant oidean stèidhichte còmhradh le Joanie is Dàibhidh, naidheachd, eadar-theangachadh Gàidhlig is eile

Fèis Òigridh na Mara
Clasaichean seachdaineil, Cuirm Latha Naomh Pàdruig (17 Màrt)
Stiùireadh is goireasan airson Fèis a tha a' ruith cuirm-ciùil aig àm COVID

Fèis Mhuile
Deagh chòmhradh le Cathraiche na Fèise, Jennifer Johnstone 20 Faoilleach mu ath-thòiseachadh na Fèise.
Bileag mun Fhèis as urrainn dhaibh a thoirt do phàrantan

Fèis nan Garbh Chrìochan
Clasaichean seachdaineil, Treòir
28 Faoilleach – Air panail agallamhan neach rianachd ùr

Fèis Lochabair
Clasaichean seachdaineil, bùthan-obrach dannsa-ceum
Comhairle, brosnachadh is stiùir aig Coinneamh Bhliadhnail is Coinneamh comataidh (15 Gearran)

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Chuir mi trèanadh **cùram-chloinne** air dòigh do dhithist bho Fèis Thiriodh is triùir bho Fèis na h-Òige
- Bha mi an-sàs ann an seisean taic **Treòir (Fèisean)** le Ceòlaidearan air Muinntireas & Leas-cheòladairean a chaidh a stiùireadh le Abi Lightbody, 11 Faoilleach
- Air dà sheisean trèanaidh - **Sgilean agallaimh**, 24 Gearran, **A' deasachadh podcasts** air Audacity, 3 Màrt - a chur air dòigh le Iain MacDiarmaid do dh'òigridh Café Bheairteis is luchd-obrach FnG le ùidh.
- Air trèanadh **ciad cobhar** a chur air dòigh do luchd nam Fèis san Òban, 20 Màrt.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Café Bheairteis

11 Faoilleach – deagh chòmhradh (Zoom) le buidheann-stiùiridh òg a' Chafe mu leithid format a' Chafe. Tha taic a' leantainn o sheachdain gu seachdain.

Cùmhnant air dòigh le Iain MacDiarmaid airson deasachadh co-dhiù na ciad clàraidhean den phodcast.

Chuir mi aoighean na seachdain air dòigh airson a' Chafe is bha mi nam phrìomh chontact do òigridh

Ceann-latha	Aoigh na seachdain	Àireamh òigridh (aois 12 – 26)
03.12.21	Fiona NicGillFhinnein (Nurs) - Obar Dheathain	2
10.12.21	Agnes Rennie (Acair / Urras Ghabhsainn) - Leòdhas	3
17.12.21	Gwen Culbertson (Teagasg, SleatFugees) - An t-Eilean Sg	6
14.01.22	Eilean Green (MG Alba, T-s Ratharsair, SMO) An t-Eilean Sg	3
21.01.22	Ruairidh MacillFhinnein More (CnaG) Siorrachd Rois	2
28.01.22	Ailean Dòmhnallach (poileas, drumaireachd). Dùn Èideann	4
04.02.22	Cothrom cabadaich fosgailte	5

Air buidheann-obrach òigridh (Cruinneachadh Earra-Ghàidheal), thug mi beachdan is taic practaigeach seachad airson seiseanan eadar Iain MacIlleMhìcheil, Joy Dunlop is àrd-sgoiltean.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Airson Co-Chruinneachaidh Earra-Ghàidheal, ag obair cuide ri Abi Lightbody airson Cèilidh air-loidhne a chur air dòigh le seinneadairean is luchd-ciùil sean is òg bho Fèisean air feadh Earra-Ghàidheal.

Ainm	**Abi Lightbody**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Tha mi air a bhith trang ag obair leis a h-uile Fèis agam a' faighinn na formaichean tabhartais airson 2022/ 2023 deiseil. Tha mi air a bhith a' dol gu coinneamhan, a' deanamh eadar-theangachaidhean airson sanasachd agus pròiseactan ùra agus a' cuideachadh le riaghailtean Covid.

Tha na clasaichean aig **Fèis Arainn** a' ruith gu math agus tha iad airson Fèis a chumail san Iuchar. Tha FA airson barrachd clasaichean groupwork a' ruith le amas gum bidh Cèilidh air Chuairt aca anns na bliadhnaichean a tha tighinn.

Chuir **Fèis Chille Bhrìghde an Ear** iarrtas a-staigh gu FnG airson latha Fèise san t-Sultain 2022 agus tha iad ag iarraidh a bhith nas lèirseach sa choimhearsnachd aca, le tachartasan nas trice airson clann sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil.

Tha na clasaichean aig **Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar** a' cumail a' dol.

Bha a' chiad thachartas aghaidh ri aghaidh aig **Fèis Dhùn Èideann** air 15/01/22 agus tha iad airson clasaichean àbhaisteach a thòiseachadh a-rithist ann an 2022 le tachartasan sònraichte airson deugairean.

Tha na clasaichean seachdainneil aig **Fèis Fhoirt** a' tòiseachadh a-rithist aghaidh ri aghaidh air Disathairne 26mh dhen Ghearran. Dh'aontaich an comataidh tàille as àirde a tabhainn dhan oidean airson 's gum biodh an teachd-a-stach aig na h-oidean nas fhàisge ri MU rates. Tha iad a' sireadh co-ordanaiche ùr airson a' chèilidh air chuairt.

Tha **Fèis Ghàidhlig Ghlaschu** a' sireadh neach ùr airson uairean rianachd agus tha iad an dùil ri clasaichean a' ruith aig An Leanag ann an Glaschu. Chuir iad iarrtas a-staigh gu FnG airson Fèis sa Ghiblean agus tha iad a' cuir seo ri chèile an-dràsta.

Chuir **Fèis Lannraig a Tuath** iarrtas a-staigh airson prìomh Fhèis, clasaichean agus tha iad cuideachd airson clasaichean a' ruith mar phàirt dhen phròiseact 'Future Fridays' aig Àrd Sgoil a' Bhuaile Ghlas. Tha **Fèis Phàislig** gu math trang mar is àbhaist agus chuir iad iarrtas a-staigh gu FnG airson clasaichean, còisir Gàidhlig, prìomh Fhèis agus cèilidh air chuairt. Tha na h-agallamhan airson Cèilidh air Chuairt Fèis Phàislig a' gabhail àite aghaidh ri aghaidh air 6/03/2022.

Air sgàth 's gu bheil Treòir air a bhith cho soirbheachail aig **Fèis an Tairbeirt** tha iad airson na clasaichean a' cumail a' dol airson 6 mìosan eile agus chuir iad a-staigh gu FnG airson taic. Tha iad airson an sgeama nas motha a' ruith le cothroman airson barrachd chloinne. Chuir iad iarrtas a-staigh airson na buthan-obrach àbhaisteach aca cuideachd tro 2022/2023.

Tha **Fèis Thatha** ag obair le Taigh-cluiche Baile Chloichridh air pròiseact aig a bheil *The Tay's Gaelic Memoir* agus bidh latha Fèise aca air 24/09/2022. Tha iad a' sireadh oifigear leasachaidh airson an Fhèis airson clasaichean/ buthan-obrach thòiseachadh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Treòir (Fèisean)
Tha mi ag obair le na Fèisean agamsa a' ruith Treòir agus a' deanamh cinnteach gu bheil na h-oidean uile air uairean gu leòr a dheanamh airson na cùmhnantan aca a choileanadh. Tha mi ag obair le sgioba leasachaidh FnG airson trèanadh a' cuir air dòigh cuideachd airson na h-oidean.

Treòir | Voàr | Virr
Tha mi a' cuideachadh le TVV le bhith ceannach stuth ealain dha na h-oidean.

Lìonra Oifigearan Leasachaidh
Tha mi air a bhith an sàs sa Lìonra agus bidh mi a' dol gu coinneamhan nuair a tha cothrom agam. Tha co-labhairt gu bhith aca air 16/03/2022.

Fòram Conaltraidh Bòrd na Gàidhlig
Tha mi cuideachd an sàs le Fòran Conaltraidh BnG agus bidh mi a' dol gu coinneamhan airson bruidhinn ri oifigearan Gàidhlig eile ann an Alba agus airson faighinn a-mach dè tha dol aig na buidheannan Gàidhlig eile.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Co-Cruinneachadh Ghàidhlig Earra-Ghàidheal
Bidh a' Chruinneachadh a' gabhail àite air DiSathairne 12/03/22 air-loidhne le Cèilidh air an oidhche. Tha mi fhèin is Karen Oakley air a bhith ag obair airson a' chèilidh a cuir còmhla agus bidh sinn an sàs tron latha cuideachd. Bidh tachartas ann son oigridh sna sgoiltean air an 9mh cuideachd.

Fèill-dhreuchdan Oilthigh Ghlaschu
Chaidh mi fhèin is Eilidh NicCaramaig gu fèill-dhreuchdan air Oilthigh Ghlaschu air 16/02/22 agus fhuair sin cothrom bruidhinn ri oileanaich mu dheidhinn an obair a bhios sinn a' deanamh aig Fèisean nan Gàidheal.

Gàidhlig le Richard
Air sgàth 's gun deach treànadh le Richard Mac a' Ghobhainn cho math airson na h-oidean Treòir, tha sinn a' ruith cùrsa eile, a' tòiseachadh air 23/02/22 le fàilte air òide agus neach-comataidh sam bith. Gu ruige seo, bidh 10 an sàs aig a' chiad choinneamh.

Ainm	Peigi Ann Shields
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh – Na h-Eileanan Siar

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Tha mi air a bhith a' cuideachadh gach fèis leis na planaichean aca airson 2022/23 agus a' toirt taic leis na foirmichean tabhartais aca. Tha a h-uile fèis airson fèis fad seachdain a bhith aca am-bliadhna, mar às àbhaist. Tha iad uile a' feitheamh fios bho Chomhairle nan Eilean Siar mu dheidhinn nan sgoiltean fhaighinn air màl agus tha Arthur ann an conaltradh le Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim, Uilleam MacDhòmhnaill. Mura faigh iad na sgoiltean, tha planaichean eile aig grunn dhiubh airson fèis a chumail ann an ionadan eile. Tha mi a' dol a chur air dòigh treànadh anns na mìosan a tha ri thighinn dha na fèisean air fad a-rèir nam feumalachdan aca, mar eisimpleir tha a h-uile fèis feumail air treànadh 'first aid.'

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha an Fhèis a' dol air adhart aghaidh ri aghaidh air **11-15 Giblean** agus tha mi ag obair le Mary Duff a' cur rudan air dòigh. Fhuair an fhèis £300 Together Again Microgrant bho Creative Lives airson cuideachadh le glanadh is eile.
- Tha clasaichean maileòidean, bogsa-ciùil, giotàr, obair buidhne airson deugairean, seiseanan ciùil tràth-bhliadhnaichean, seinn Gàidhlig is dannsa-ceum gu bhith aca. Tha ceòladairean aig Teòir an sàs is a' riuth feadhainn de na clasaichean seo cuideachd.
- Bha consart na Nollaig aca air 10 Dùbhlachd agus bha e air leth soirbheachail.
- Fhuair an fhèis airgead bho Fèisean nan Gàidheal airson consart coimhearsnachd agus bùthan-obrach le luchd-ciùil proifeasanta a chur air dòigh sa Chèitean.
- Fhuair an fhèis airgead bho Riaghaltas na h-Alba tro Volunteer Centre Western Isles airson clasaichean inbhich 16+ a riuth. Tha an fhèis a' riuth streath de 10 chlasaichean seachdaineil ann an giotàr, dannsa-ceum is maileòidean. Ged a tha iad airson inbhich, tha an fhèis air barrachd dhaoine eadar 16-25 a thàladh gu na clasaichean aca.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Tha an fhèis an dòchas Fèis aghaidh ri aghaidh a bhith aca eadar **25 – 29mh Iuchar 2022** ann am Bun-sgoil Steòrnabhaigh.

- Tha clasaichean buidheann Dual air tòiseachadh a-rithist aghaidh ri aghaidh agus tha iad air a bhith soirbheachail gu ruige seo.
- Fhuair Dual is òigridh Fèis Taigh Dhonnchaidh cothrom cluich air an Island Stage air Disatharine Hebcelt 2022 agus bidh Katie Mackenzie, Anna Murray, Jane Macmillan Hepburn is Andy Yearley ag obair leis an òigridh ag ullachadh airson seo.
- Tha an fhèis a' coimhead ri AGM a chumail cho luath sa gheibh iad an fhiosrachadh às ùire bhon chunntasair.
- Tha ceòladairean Treòir air clasaichean ùra a thòiseachadh ann an Steòrnabhagh airson tràth-bhliadhnaichean is clann air Clas 3-7. Tha iad uabhasach soirbheachail agus tha na clasaichean làn. Tha Katie air a bhith ag obair le Bun-sgoil Steòrnabhaigh gach seachdain cuideachd.

Fèis an Rubha

- Tha coinneamh poblach eile gu bhith aig Fèis an Rubha air 8 Màrt airson feuchainn ri comataidh fhaighinn. Mura faigh iad comataidh cha bhi Fèis san Rubha am-bliadhna.
- Chaidh fiosrachadh a-mach mun choinneamh agus tha mi ag obair leis an dithis mu dheireadh air a' chomataidh airson daoine a thàladh a-steach.
- Ma gheibh iad comataidh, tha iad a' coimhead ri fèis aghaidh ri aghaidh a' riugh ann an Sgoil an Rubha air **1 – 5 Lùnastal 2022.**

Fèis na Hearadh

- Tha Fèis na Hearadh sàmhach an-dràsta, ach tha iad an dòchas fèis aghaidh ri aghaidh a chumail ann an Sgoil Sir E Scott eadar **4 – 8 Iuchar 2022.**
- Tha iad airson na clasaichean seachdaineil giotàr ath-thòiseachadh.

Fèis Tìr an Eòrna

- Tha iad an dòchas fèis aghaidh ri aghaidh a' chumail eadar **4 – 8 Iuchar 2022** ann an Sgoil Uibhist a' Tuath.
- Tha clasaichean seachdaineil a' dol air loidhne, bidh iad a' tabhainn pìobaireachd, fidheall, giotàr, bogsa-ciùil is feadan.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Bha AGM aig Fèis Tìr a' Mhurain air 26/10/21 ach gu mì-fhortannach bha covid air feadhainn den chomataidh. Tha iad a-nis a' dol a chumail AGM eile aghaidh ri aghaidh air 16 Màrt, is tha mi an dòchas a bhith an làthair. Tha iad feumach air duine no dhithis ùr airson a' chomataidh. Lorg iad neach-ionmhais agus tha sin na fhaochadh dhaibh.
- Cha do thòisich na clasaichean seachdaineil aca a-rithist air sgàth 's covid sa choimhearsnachd ach tha iad an dòchas an ath-thòiseachadh a dh'aithghearr.
- Fhuair na com-pàirtichean a bha a' dol gu na clasaichean seachdaineil cuireadh seinn aig dà thachartas Nollaig ann an Uibhist a' Deas is Èirisgeigh, is chòrd seo ris a' chloinn agus ris a' choimhearsnachd gu mòr.
- Tha an fhèis an dòchas fèis aghaidh ri aghaidh a' chumail eadar **11 – 15th Iuchar** ann an Sgoil Dhalabroig no ann an Sgoil an Iochdair.

Fèis Bharraigh

- Tha clasaichean seachdaineil Fèis Bharraigh air a bhith a' dol agus tha iad air a bhith uabhasach soirbheachail am-bliadhna.
- Tha an fhèis an dòchas fèis aghaidh ri aghaidh a' chumail eadar **4 – 8 Iuchar 2022** ann an Sgoil Bagh a' Chaisteil.

- Tha clasaichean seachdaineil Treòir a' dol ann an seinn, giotàr agus mandolin. Tha an fhèis air mandolins a' cheannach.
- Bha Claire Frances is Calum thall am Barraigh airson deireadh sheachdain eadar 21 – 22 Faoilleach. Chum iad bùthan-obrach aghaidh ri aghaidh ann an seinn, giotàr is obair-buidhne. Bha an deireadh sheachdain air leth soirbheachail agus thug seo togail mòr dhan fhèis, do chom-pàirtichean agus do na h-oidean.
- Tha an ath dheireadh sheachdain a' gabhail àite eadar 4 – 6 Màrt mus crìochnaich na sia mìosan seo de Threòir.
- Tha an comataidh air innis dhomh gu bheil Claire Frances a-nis a' dèanamh chlasaichean anns an sgoil, agus gur e seo a' chiad turas a tha an sgoil agus an fhèis ag obair còmhla. Tha an comataidh uabhasach toilichte, agus `s e ceum gu math posataibh a tha seo don Fhèis.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tha mi air a bhith uabhasach trang le obair fèisean, agus tha mi cuideachd air a bhith a' sgrìobhadh iarrtasan maoineachaidh airson a' chiad turas anns an dreuchd seo. Tha mi air coig iarrtasan a' sgrìobhadh bho thoiseach na bliadhna. Tha fèisean air a bhith soirbheachail le trì iarrtasan, mì-shoirbheachail le aon agus a' feitheamh fios bho aon fhathast. Tha mi air tòrr ionnsachadh le bhith ag obair le fèisean air na h-iarrtasan agus tha mi a' faireachdainn mòran nas misneachdail a-nis ag obair le iarrtasan. Tha mi air a bhith a' dèanamh tòrr obair ùr a thaobh foirmichean tabhartais agus a' coimhead ri fèisean aghaidh ri aghaidh is tha mi a' faireachdainn gu bheil mi fhathast ag ionnsachadh ged a tha mi air a bhith san dreuchd faisg air bliadhna.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha mi air a bhith ag obair le comataidh LUACH às leth Fèisean nan Gàidheal agus tha planaichean a' tighinn ri chèile airson tachartasan ann an Leòdhas is na Hearadh eadar 7-9 Giblean. Tha mi a' cur eòlais air oifigearan ann am buidhnean eile agus a' togail cheanglaichean leotha. Tha mi cuideachd air a bhith a' coimhead airson cothroman dha na fèisean ionadail a thighinn a-steach air a' chùis, agus aig an ìre seo tha cothrom gu bhith aig òigridh DUAL cluich aig cuirm, agus gheibh com-pàirtichean nam fèisean ionadail a thighinn gu na tachartasan. Tha mi gu bhith gu mòr an sàs ann an obair conaltraidh airson na tachartasan.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan

Coinneamhan gu cùnbhalach le comataidhean, an Sgioba Leasachaidh is luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal
18.01.22 - Coinneamh le Elsie Mitchell bho Comhairle nan Eilean Siar
28.01.22 – Café Bheartais
28.01.22 – Coinneamh le Graham is Caroline bho HebCelt
An làthair aig oidhcheanan Dual

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Ged nach eil mi ag obair do na Fèisean fhèin tro m' obair làitheil mar Rianaire Fèisgoil, tha mi an còmhnaidh toilichte taic a chur thuca. Air 16.02.22 bha mise agus Abi an làthair aig UofG Arts Fair, a' bruidhinn ri daoine mu na cothroman aig FnG air taobh nam Fèisean agus Fèisgoil.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh BG:
Thàinig dithis oidean ùra air bòrd do Bhlasad Gàidhlig aig toiseach Teirm 3, agus b' ann ormsa a bha an t-uallach an trèanadh agus an deisealachadh. An sàs ann an coinneamhan agus conaltradh riutha, a' tabhainn ghoireasan agus trèanadh dhaibh.

Taisbeanaidhean SMO: Bha mi fhìn agus Eilidh M/B an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh dà sheisean do dh'oileanaich teagaisg aig SMO gus misneachd a thogail ann a bhith a' cleachdadh ceòl anns a' chlas, gu h-àraid ceòl Gàidhlig. Lìbhrig Eilidh M/B a' chiad sheisean air 10.02.22 agus ghabh mi fhìn stiùir air 17.02.22, ag ionnsachadh òrain agus gnìomhan/geamaichean a dheidheadh gu math còmhla riutha gus am biodh iad spòrsail don chloinn. Bha na seiseanan soirbheachail agus na h-oileanaich gu math deònach gabhail riutha.

Oidean	Seiseanan	Oileanaich an làthair	Luchd-obrach SMO
2	2	15 gach turas	3 gach turas

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA
Hùb Hàb 2022
Tha mi air a bhith a' cur taic ri Aonghas le sgriobt agus òrain Hùb Hàb 2022, a' dèanamh leasachadh air fuinn is faclan nan òran gus am bi iad freagarrach do na Tràth Ìrean. Rinn mi clàraidhean do Cheitidh agus Pablo gus am b' urrainn dhaibhsan demo a dhèanamh de gach òran do Aonghais.
CÀNAN
Blasad Gàidhlig: Aig toiseach na bliadhna, air sgàth Omicron, chaidh mòran de na sgoiltean a tha gu h-àbhaisteach aghaidh ri aghaidh a chur air-loidhne. Bidh sinn fhathast a' cur taic ri oidean/sgoiltean ma tha iad airson a dhol air-loidhne air sgàth Covid mar a tha sin a dhìth. Chruthaich mi bileag-taice do dh'oidean le stiùireadh air a bhith ag obair air-loidhne.

Bha coinneamh aig mi fhìn is Eilidh M/B còmhla ri Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar air 20.01.22 agus iad gu math toilichte leis mar a tha cùisean a' dol anns an sgìre. Tha iad airson leudachadh a dhèanamh anns a' bhliadhna ionmhais ùr agus tha sinn ag obair còmhla riutha an-dràsta gus buidseat a chur air dòigh airson barrachd sheiseanan – a' feitheamh air fios an-dràsta mu na tha a dhìth orrasan.

Tha mi an-dràsta ag obair gus barrachd sheiseanan a thabhainn don Eaglais Bhric, gu h-àraid fear do BS Ladeside cuide ri the Hebridean Baker & Gàrradh Phàdruig, far an tèid aca air a' Ghàidhlig a th' aca gu ruige seo a chleachdadh agus beagan fhaclan co-cheangailte ri fuine agus gàirnealaireachd ionnsachadh.

Bha sinn air leth toilichte Duais Co-obrachaidh a choisinn aig Duaisean Cànan Chomhairle Bhaile Ghlaschu 2022, is fhuair aon de na h-oidean againn, Mairead NicNeacail, duais oide airson an obair a tha i a' dèanamh air Blasad Gàidhlig ann an Bun-sgoil Naomh Bhrìghde.

Teirm 3 (Am Faoilleach- An Giblean):

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
19	23	1087	1914

Beairteas: A' conaltradh ri aoighean gus 10 seiseanan (5 aoighean) a thabhainn do na sgoiltean ron t-samhraidh. Thòisich seo le seisean bho Ghàidheil Ghlaschu Màiri Anna NicUalraig agus Babs NicGriogair. Tha dithis eile ri dhearbhadh airson Teirm 4.

Seisean 4 – Màiri Anna NicUalraig & Babs NicGriogair 23.02.22

Gan lìbhrigeadh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	9	2	108

Seisean 5 – Ceitlin Lilidh & Jayne NicLeòid 09.03.22
Seisean 6 – Iain MacLeòid & Hamish MacLeòid 23.03.22
Seisean 7 – Joy Dunlop & Calum MacIllEathain 29.04.22

CEÒL
ICO|YMI: Tha mi air uallach a ghabhail airson ICO Fèis Inbhir Narainn a chur air dòigh anns an sgìre. Tha 8 clasaichean ann agus tha sinn a' tabhainn 10 seiseanan dhaibh uile ron t-samhraidh. Tha 4 oidean againn aig a bheil ùidh agus tha sinn ag obair air clàr-ama far am faigh iad measgachadh de sheinn, fìdeag agus obair-chòmhlain.

TREÒIR | VOAR | VIRR
Barrachd uallach a ghabhail air a' phròiseact bho chionn goirid, a' trusadh oidean ann an Giogha, Cumbrae agus North Bute far an robh seo a dhìth fhathast aig deireadh 2021. Tha oidean againn air bòrd dhaibh uile a-nis agus tha sinn a' cur cinn-latha freagarrach air dòigh leis na sgoiltean agus a' cur siubhal agus àite-fuirich air dòigh far a bheil seo a dhìth. Chuir mi crìoch air docamaid air Ionnsachadh air a' Bhlàr A-muigh agus sgaoil mi seo leis na h-oidean.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

TVV: Tha mi a' cur trì postan air dòigh gach seachdain tro Buffer airson oide ùr a thaisbeanadh air na meadhanan-sòisealta, a' tarraing aire do dh'obair nan oidean ach cuideachd FnG.

UofG Arts Fair air 16.02.22: Chuir mi bhidio ghoirid fad 30 diog ri chèile gus blasad a thoirt do dh'oileanaich air obair FnG. Cothrom cabadaich ri oileanaich mu na dòighean anns am b' urrainn dhaibh a dhol an sàs ann an iomairt nam Fèisean mar saor-thoilich no mar oidean.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan
Coinneamh Sgioba 19.01.22
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis (uair san t-seachdain)
Coinneamhan Fèisgoil le Aonghas agus Eilidh M/B
Seiseanan trèanaidh agus fiosrachaidh le oidean BG agus TVV.

Ainm	Luke Slater
Dreuchd	Rianadair

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig
- Làimhseachadh leantainneach air ionnstramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh
- Taic làrach-lìn coitcheann do bhuill sgioba
- Cunntasachd agus clàradh caiteachais
- Taic IT agus Hosting airson Sgiobaidhean Microsoft agus Google a 'coinneachadh thar ioma phròiseactan
- Seiseanan trèanaidh airson oidean agus luchd-obrach a' cleachdadh Microsoft Teams, Adobe InDesign agus Wordpress
- Rianachd airson TREÒIR | VOAR | VIRR

A’ leasachadh sgilean is thàlantan

- Cleachdadh leantainneach air Duolingo
- Le bhith a’ fàs misneachd anns a’ Ghàidhlig thug mi orm a bhith ga cleachdadh fada nas trice, sgrìobhte agus labhairteach
- Ionnsachadh leantainneach air Sgiobaidhean Microsoft agus siostaman Google Meets airson taic theicnigeach
- Bidh mi an-còmhnaidh ag ionnsachadh rudan ùra nuair a chleachdas mi Mailchimp, Adobe no aplacaid cruthachail sam bith eile

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Obair dealbhaidh air a chrìochnachadh airson grunn phròiseactan, gu sònraichte Fèisgoil agus Blas
- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn, Sgrùdaidhean Cùise ùra air an cur ris an làrach airson Tasgadh
- Mapa ùr air a chruthachadh gus ruigsinneachd leudaichte Fèisean na Gàidheal a thaisbeanadh
- Cuairt-litir ‘Faileas 74’ air a postadh an t-seachdain sa chaidh

Fèisean nan Gàidheal

Blas 2021 agus 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2022.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu thoraidhean Blas 2021 agus planaichean tràth-ìre airson 2022.

Blas 2021

Chaidh a mhìneachadh mar a chaidh le Blas 2021 aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd. Chaidh sin a chumail gu math goirid an dèidh crìoch na fèise agus chaidh a ghealltainn gum biodh aithisg nas doimhne aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt.

Aig toiseach na bliadhna chaidh aithisg ullachadh le fiosrachadh nas mionaidiche air toraidhean na fèise, àireamhan agus beachdan a fhuair sinn bho dhaoine a bha an làthair.

Blas 2022

Chaidh coinneamh de bhuidheann prògramaidh Blas a chumail tràth sa Ghearran 's chaidh co-dhùnadh a dhèanamh an fhèis a' chumail eadar 2-10 Sultain 2022.

Thèid coinneamh eile a chumail a dh'aithghearr gus beachdachadh air prògram na bliadhna-sa 's tha an cothrom do luchd-ciùil coimisean ùr a chruthachadh airson Blas 2022 air a shanasachd an-dràsta.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' bhùird:

1. Fa-near a thoirt do thoraidhean Blas 2021 agus planaichean tràtha Blas 2022 agus
2. Ceistean sam bith a thogail mu fhèis 2021 no 2022

Calum A MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
An Gearran 2022

Blas Festival 2021
Report on outcomes of the Blas Festival held in November 2021

Background

The Blas Festival is a partnership between The Highland Council and Fèisean nan Gàidheal and 2021 marked its 17th year.

Over those 17 years the outputs from Blas include:

- Employment of 4,647 musicians and singers
- Promotion of over 1,230 events throughout the Highlands
- Physical audiences of over 122,000
- A growing online audience since the establishment of FèisTV and particularly in 2020 and 2021
- Economic benefit of at least £7m.
- The featuring of Gaelic in all publicity materials and at every event
- Access for audiences to Gaelic promotional materials including online
- The provision of a mechanism for The Highland Council to be involved in themed years
- Delivery of strategic commitments in The Highland Council's Gaelic Language Plans.

The Highland Council's financial contribution enabled Fèisean nan Gàidheal to lever additional funding from Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig and HIE. We also secured funding from Comhairle nan Eilean Siar to organise 3 events in the local area. This year's festival included partnership working with Tobar an Dualchais, VisitScotland, National Library of Scotland, SEALL's Festival of Small Halls and St Andrew's Fair Saturday.

Blas 2021

A decision was taken in early 2021 to postpone the Blas Festival from its original September dates to 19-27 November, with the hope that the vaccination programme and situation regarding the Covid-19 pandemic would allow us to host events with audiences present, whilst also planning to have some online content to reach a worldwide audience once again.

We were pleased that we were able to deliver the festival as intended with audiences in attendance and only two events having to be cancelled due to Covid-19 outbreaks in the community.

Festival Programme

The Festival was once again a celebration of our rich Gaelic language, music, culture and heritage with some of the finest traditional musicians, Gaelic singers, storytellers, dancers and poets taking part.

We were pleased to welcome musicians from Cape Breton to the Highlands once again with Irish musicians featuring in our online provision.

Over the 9 days of the festival the following was offered:

- 31 concerts and cèilidhs
- 5 Facebook concerts
- 1 Gaelic song session
- 4 talks, 2 of which were delivered in Gaelic
- 27 workshops for both adults and children
- A music programme for schools (YMI)

Selection of programme Highlights

- A concert was held to celebrate the 90th birthday of Lochaber fiddle legend, Aonghas Grant
- The award-winning soundtrack of the much-acclaimed Gaelic drama *Gruth is Uachdar*, was performed live for the first ever time by its composers Charlie McKerron and Donald Shaw with others
- We welcomed Còig from Cape Breton for the first time to Blas
- Gaelic singer and multi-instrumentalist Ewen Henderson performed with his trio and alongside Mànran bandmate, Gary Innes, in a series of concerts
- Fèis participants had the opportunity to perform alongside some of the finest traditional musicians and singers at a number of events
- Popular cèilidh band The Monach Isles performed alongside Iain 'Costello' MacIver at cèilidhs in North Kessock and Fort William
- We returned to Applecross for the first time in many years with Brian Ó hEadhra & Fionnag Mackenzie alongside recent Traditional Mòd Gold Medallist, Emma MacLeod.
- We were able to host a live Café Bheairteis, Fèisean nan Gàidheal's youth led conversation Café, which has been held online for almost two years now. Young Gaelic speakers from across the country were able to come together, sharing music and song whilst being able to converse with one and other in an informal environment before attending the Blas finale concert.

Commission

One of the main features of the Blas Festival programme is our annual commission which offers an artist the opportunity to create a suite of music/song to be performed at the festival. 2021 marked the 200th anniversary of the birth of Màiri Mhòr nan Òran (Mary MacPherson, Màiri Nighean Iain Bhàin). We sought proposals that drew inspiration from the life and songs of Màiri Mhòr, with many of the themes within her poetry remaining just as relevant in the modern day.

Kim Carnie was awarded the commission and performed *Buaidh nam Ban* (Influence of Women) 4 times during the festival. The commission was a very fitting celebration of Màiri Mhòr and also the work of other great female bards of the Gàidhealtachd, including Sìleas na Ceapaich, Maighread Nighean Lachlainn and Màiri Nighean Alasdair Ruaidh, exploring their lives and challenges they faced fighting against injustice and for equality.

Workshops

Each Saturday of the festival we offered a varied programme of tuition opportunities for both children and adults.

We offered tuition in Gaelic song, accordion, fiddle all of which were available in Gaelic or English. We also delivered workshops for step-dance, piping and repertoire development.

Gaelic Song Session

As part of a series of Gaelic song sessions in partnership with An Comunn Gàidhealach, Gillebrìde Macmillan led an evening of song with participants from across the globe taking part.

Talks

We organised four online talks during the festival:

- *Sgeulachdan nan Gaisgeach / Hero Tales of the Gàidhealtachd* by Ruairidh MacIlleathain
- *Gaelic printing from the 16th to the 19th centuries* by Anette Hagan (National Library of Scotland)
- *Tobar an Dualchais – Ceanglaichean Cruthachail* by Raghnaid Sandilands and Màiri MacFadyen
- *Gleann na Ceòlraidh* by Fiona J MacKenzie

A list of the concerts is available here with a list of workshops and talks offered here.

Partnerships
Our partnership with SEALL's Festival of Small Halls continued for the third year with dates for the festival coinciding with Blas. The festival supported two concerts in the Isle of Skye, where the organisation is based.

We worked with Tobar an Dualchais to deliver two concerts and a talk during the festival. The concerts featured well know Gaelic singers and musicians alongside local youngsters.

In partnership with the National Library of Scotland, we were pleased to offer a talk on the history of Gaelic printing, which was delivered by Anette Hagan who is the Rare Books Curator for the organisation.

We were pleased to have the opportunity once again to be part of Fair Saturday on the 27th of November. A response to Black Friday, this initiative encourages cultural organisations across the world to organise events during that day to raise funds for a social project of their choice. We raised £518 from ticket sales which will be donated to a local Highland charity.

Ticketing and Audiences
The main platform used for selling concert tickets was Ticketmaster with additional sales managed locally by promoters. Our livestreamed events were delivered through MyPlayer Scotland. Facebook LIVE and Zoom were also utilised to deliver drama performances, cèilidhs, sessions and workshops.

For those attending concerts and cèilidhs, prices were maintained at 2019 levels with tickets at £12-16 depending on the event with concessions prices available and group discounts for families. We also offered a £5 ticket to young people. Our livestreamed concerts were kept at 2020 levels with individual events priced at £8 per ticket and a full festival pass at £50 – a whole household was able to view the events at those prices. In addition to paid events, all Facebook LIVE content was free as was the education programme.

Blas Team
In addition to the Fèisean nan Gàidheal staff who worked on delivering Blas, Chrissie Macrae was contracted as Blas Events Co-ordinator. Katie MacKenzie looked after news releases, press coverage and social media content.

Statistics and Audience Feedback
The following tables show the main statistics for this year's festival along with audience ratings and a selection of comments.

Attendance	**Number**
Staff	12
Volunteers	104
Contractors	93
Performers	297
Audience	12,477
Tutors	8
Total	**12,991**

Audience Satisfaction	**Rating**
Value for Money	93%
Enjoyment of the event	95%
Use of Gaelic	91%
Overall rating	**93%**

The following is a selection of comments from the online questionnaires completed to date.

"Feis anabarrach cudromach airson na h-ealain"

"Tha e math dhuinn uile a bhith a' cumail na Gàidhlig làidir le bhith ga cleachdadh aig a h-uile cothrom"

"Small venues like Resolis hall are fantastic for Blas events and as this was the first indoor live event we attended since Covid it was wonderful. The music and atmosphere were brilliant. Thank you."

"It was great to be able to watch the streamed concerts."

"Brilliant events. Fantastic performances all round"

"Please keep providing this beautiful concerts and events! It was a pleasure being there!"

"It was fantastic to be able to go and watch live music in our local hall in this remote part of Scotland."

As would be expected at the time of year the festival was held, and with the situation regarding Covid-19, the vast majority of our audience members came from within the Highlands as reflected in the chart below.



Our online audience was international in its reach, with people watching the livestreams from the UK, USA, Germany, France, Ireland, Canada, Netherlands, Japan and Austria.



Finance

There is still some income due to Blas and some costs to be incurred, particularly commission to local promoters.

The following is the budget for the 2021 festival with the likely outturn based on current information. While a small deficit is anticipated, it should be noted that some items of capital expenditure were for equipment and stage dressing which will be used in future Blas festivals.

INCOME	**BUDGET**	**LIKELY OUTTURN**
Highland Council Contract Fee	£62,869.00	£62,869.00
Box Office	£10,000.00	£16,438.00
Creative Scotland	£25,000.00	£25,000.00
Bòrd na Gàidhlig	£30,000.00	£30,000.00
Colmcille	£2,500.00	£0.00
HIE	£6,000.00	£6,000.00
Comhairle nan Eilean Siar	£7,837.00	£7,837.00
Sponsorship	£2,000.00	£0.00
Fèisean nan Gàidheal	£20,000.00	£12,590.00
Total Income	**£166,206.00**	**£160,734.00**
EXPENDITURE		
Programme Costs		
Blas Commission Fee	£3,000.00	£3,000.00
Artists' Fees, Travel and Subsistence	£65,000.00	£61,674.53
Accommodation provided for Artists and Crew	£8,000.00	£9,830.85
Meals provided for Artists and Crew	£3,000.00	£1,383.20
International travel	£0.00	£0.00
Stage/Concert Management/Fear or Bean-an-Taighe/Blas Reps	£500.00	£318.00
Venue Hire & Commission to Promoters/Production Costs	£4,000.00	£6,900.00
PA & Lighting	£24,000.00	£24,010.00
FèisTV Streaming Costs	£12,000.00	£11,351.99
PR, Advertising & Marketing		£0.00
Press/PR	£1,500.00	£1,553.00
Posters/Overprinting/Postage (Portree)	£1,000.00	£1,003.97
Promotional materials (Banners etc)	£1,500.00	£1,367.10
Advertising	£5,500.00	£5,487.00

Commission to Ticketline and myplayer	£500.00	£197.00
Ticket Printing	£200.00	£0.00
Management & Production Costs		£0.00
Festival Administration	£15,000.00	£15,000.00
Sundry Administration Costs	£500.00	£76.92
Fèisean nan Gàidheal Management Fee	£15,000.00	£15,000.00
Programming Group Costs	£250.00	£0.00
Insurance	£500.00	£246.40
Royalties	£300.00	£0.00
Accountancy/Companies House	£1,200.00	£1,113.00
Depreciation	£1,500.00	£1,500.00
Equipment purchase	£5,000.00	£4,075.60
Contingency	£256.00	£0.00
TOTALS	**£166,206.00**	**£162,088.56**
Surplus/Deficit	**£0.00**	**-£1,354.56**

Conclusion

We were delighted to be able to hold a festival with audiences present once again and provide a platform for musicians, who have been hit particularly badly by the Covid-19 pandemic, to perform in communities across the Highlands and Islands. In addition to that we were also able to support a wide-range of industry professionals who provided technical, filming and streaming service for the festival.

Although we were faced with challenges due to Covid-19, we endeavoured to deliver a festival similar in format and size to festivals we held before the pandemic. Due to covid outbreaks in two communities, along with poor winter weather caused by Storm Arwen, we were forced to cancel 4 events at short notice. We were, however, very pleased with the outcome of the festival and feedback, both formally and informally, has been hugely encouraging and supportive.

We are extremely grateful to our funders and partners - The Highland Council, Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig and Highlands & Islands Enterprise – who have supported us through the pandemic in the last two years, making sure that we could deliver Blas 2021 safely and successfully.

Fèisean nan Gàidheal

Plana Pròghraim 2022-27

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2022.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill mu adhartas le Plana Pròghraim ùr ullachadh airson 2022-27.

Bun Fhiosrachadh

Thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh tha còmhraidhean air a bhith ann mu Phlana Pròghraim ùr a dheasachadh airson nam bliadhnaichean 2022 gu 2027 agus tha dà dhreach air a bhith air beulaibh a' Bhùird gu ruige seo.

Bha na buill an ìre mhath riaraichte san fharsaingeachd le cruth agus susbaint a' phlana, agus chaidh barrachd obrach a dhèanamh airson an ìre a ruighinn far a bheil dreach deireannach - an ìre mhath co-dhiù - againn.

Adhartas

An dèidh beachdan a shireadh bho bhuill a' Bhùird, an sgioba obrach agus na Fèisean a bha an lathair aig a' Cho-labhairt san t-Sultain, tha dreach eile a' leantainn.

Chaidh an àireamh de bhuilean a ghearradh agus chaidh oidhirp a dhèanamh an ceanglachadh nas fheàrr ris na Builean Nàiseanta, cho math ris an fheadhainn a bhios a dhìth air grunn bhuidhnean leis am biomaid co-obrachadh. Tha sinn an dùil gum freagradh iad air na builean a bhios Alba Chruthachail a' sireadh aon uair 's gu bheil stiùireadh againn bhuapa as t-earrach.

'S dòcha gum bi ùrachaidhean ri dhèanamh fhathast aon uair 's gu bheil sin air fhoillseachadh agus nuair a gheibh sinn an aithisg dheireannadh air builean obair Fèisean nan Gàidheal. Tha fiosrachadh bhon dreach a fhuair sinn den aithisg sin anns an tionndadh seo den phlana. 'S dòcha gu toir Plana Nàiseanta na Gàidhlig ùr buaidh air a' phlana againne cuideachd.

Thathas a' moladh beachdan a shireadh mun dreach seo bho bhallrachd Fèisean nan Gàidheal. Ghabhadh ceisteachan a chruthachadh airson a dhèanamh cho furasata 's a ghabhas dhaibh freagairtean a chur. A rèir na bhios againn de mholaidhean an dèidh sin, ghabhadh ùrachaidhean a dhèanamh agus bhitheamaid an dùil aonta a' Bhùird iarraidh don phlana aig an ath choinneimh sa Chèitean.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird:

1. Fa-near a thoirt don adhartas gu ruige seo
2. Beachdan a thoirt seachad air an dreach as ùire den phlana
3. Fa-near a thoirt don chothrom a bhios aig na Fèisean am beachdan air a' phlana a chur an cèill agus
4. Fa-near a thoirt don amas plana a bhith deiseil airson coinneamh a' Bhùird sa Chèitean.

Art MacCarmaig
Ceannard
An Gearran 2022

fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Fèisean nan Gàidheal Programme Plan 2022-27

F - Fèis

Fèisean operate in venues throughout their region.

B - Blas

Running for two weeks during Autumn, Blas Festival changes venues each year throughout the country.

C - Cèilidh Trail

A national tour by some of Scotland's finest young musicians.

G - Fèisgoil

Offering Gaelic in schools through a number of projects. Treòi | Voar | Virr, Drama, Meanabh-chuileag and YMI's.



Draft for Board meeting 04.03.2022

Contents

		Page
1	Background and Context	1
2	Summary of Plan	7
3	Mission, Ambition and Outcomes	9
4	Programme of Work 2022-27	14
5	What our programme delivers	37
6	Budget projections 2022-25	41

Fèisean nan Gàidheal is a company limited by guarantee, registration number SC130071, registered with OSCR as a Scottish Charity, number SC002040, and gratefully acknowledges the support of its main funders
Creative Scotland | Bòrd na Gàidhlig | Highlands & Islands Enterprise | The Scottish Government
The Highland Council | Argyll & Bute Council
as well as support from many other local authorities and public bodies with which we work

Front cover image by **Nicky Murray**

1 Background and Context

Fèis = *Festival; Feast; Fèis (Gaelic cultural festival)*

Fèisean nan Gàidheal = *Festivals of the Gaels; Support organisation for the Fèis movement*

Although it has several definitions, the Gaelic word *Fèis* is synonymous with a network of community events through which young people engage with traditional music, Gaelic song and Gaelic drama. Collectively, they have built up an impressive track record of opportunity and achievement many of which, to that date, were documented in the 2006 book: *Fèis: The First Twenty-Five Years of the Fèis Movement*[1] edited by Kate Martin.

2020 marked the 40th anniversary of Fèis Bharraigh, the pioneering event which acted as a catalyst for voluntary groups in communities across Scotland to ensure young people would learn about their language and culture.

The *Fèis Movement*, as it became known, has now spanned three generations who have engaged in Gaelic culture with many having gone on to employment, full or part time, in the creative industries. Others have gained valuable linguistic and social skills through participation and enjoy being a part of Gaelic culture as audience members, parents, viewers of television and listeners of radio and recordings.

Fèisean nan Gàidheal was established in 1991. It is a company limited by guarantee and a registered charity. The organisation was developed to offer a range of services to local Fèisean, all of which are corporate members of Fèisean nan Gàidheal.

Support for local Fèisean, and delivery of services for them, remains at the core of the organisation's activities. Everything the organisation does supports the Fèisean, or those involved in them, directly or indirectly. All staff support the work of local Fèisean and management fees charged contract and project delivery are reinvested in the Fèis support structure. Events are run to give Fèis participants valuable performance opportunities. Fèisean nan Gàidheal's education work and performance promotion provides Fèis tutors with additional employment opportunities.

Properly marking Fèis Bharraigh's milestone was hampered, of course, as 2020 was also the year in which the Covid pandemic affected all our lives. While people could not gather, digital delivery of artistic output became the norm. More than ever the enjoyment people get from engaging with traditional music and Gaelic culture was evident. Most artists had their whole year of work cancelled overnight but it was clear that those who took to digital platforms, while perhaps not earning very much, contributed hugely to the wellbeing of citizens.

Fèisean nan Gàidheal played its part in supporting artists who had their work cancelled by honouring agreements which could not be fulfilled, paying artists for work lost and creating new, paid engagement opportunities for them helping, in a modest way as a small organisation, to shield them from the worst effects of the employment crisis they faced. We

[1] http://www.feisean.org/wp-content/uploads/Feis25.pdf

enabled young people to continue using Gaelic at home while they could not attend school, through a variety of opportunities to engage in artistic and wider cultural pursuits.

Not everything during that period was bleak. Fèisean nan Gàidheal had been experimenting for a number of years with various ways of delivering work digitally. The pandemic forced us to accelerate that and many lessons were learned about the place digital technologies can play in delivering a sustainable arts programme. They offered the ability to reach a wider and more inclusive audience while reducing the environmental impact of our programme. Although there is a compelling argument for maintaining most of our preparatory and administrative work online, there is no suggestion this should become the normal way to deliver the creative aspect of our programme. The legacy of Covid is likely to affect confidence among audiences and participants for some time to come, so greater use of digital platforms should continue as complementary to the face-to-face delivery we all wish to see return.

One measure of the success of the Fèisean is the way in which they nurture young people, teach them skills, often transferable to supporting other community initiatives, before welcoming their return as tutors, performers and organisers. Three generations of Fèis participants have evolved as a positive force within their communities and demonstrate that their culture is essential to wellbeing and contributes towards the social, economic and environmental prosperity of their places.

A Culture Strategy for Scotland (Scottish Government 2020) highlights the importance of recognising "each community's own local cultures in generating a distinct sense of place, identity and confidence". It also calls for the adoption of the Place Principle stating that: "Place - community, landscape, language and geography - is important and reflects the creativity of the past and provides inspiration for cultural expression today".

It is against the backdrop of ensuring recovery and restarting work in communities that Fèisean nan Gàidheal has prepared this ambitious Programme Plan for 2022-27. Participating in Gaelic culture, with all the artistic, social, linguistic and wellbeing outcomes which flow from that, should be nurtured, supported, celebrated and sustained in 21st century Scotland.

The UN Convention on the Rights of the Child sets out children's right to rest, leisure and play, cultural life and the arts. The arts are not an added bonus but an essential part of life that all children and young people should have the opportunity to enjoy. The Scottish Government's *Time to Shine* 0-25 Youth Arts Strategy was designed, in part, to support that aim and Fèisean nan Gàidheal's work was highlighted in it:

> *The traditional arts sector and in particular the Fèisean movement spearheaded by Fèisean nan Gàidheal is looked at with envy from many other parts of the globe. There is much that Scotland's young people's arts sector can learn from it in terms of how it is networked, how it reaches out beyond its perceived usual participants, how it identifies and supports talent and how it supports the continued up-skilling of its workforce.*

The interest and ability in traditional music in Scotland has grown exponentially since the Fèisean began. Fèisean have also been a successful driver in raising awareness of the Gaelic language, contributing to community and social cohesion in the process. A report published

by the Traditional Music Forum[2], following a 2015-16 census, found that 17,240 people under 18 were involved in learning traditional music. At that time, therefore, Fèisean nan Gàidheal's work represented over a third of all traditional music tuition for young people in Scotland.

Scotland has always looked outwards. It is interesting to observe the support for Sistema Scotland, based on a Venezuelan model which utilises classical music as a means of engaging young people to overcome difficulties and build confidence in themselves. This has been piloted in several of Scotland's most challenged communities. The Youth in Iceland model is being piloted in Dundee. State intervention over a sustained period with investment in community-organised sport, music, art, dance and other clubs, has resulted in a dramatic reduction in substance use among Icelandic teenagers.

The potential for transformation through participation in the arts should never be under-estimated and sometimes it is worth looking inward and celebrating that which is home-grown. The Fèisean have transformed communities and young people's lives using traditional music and Gaelic arts, over their 40-year existence. Of 38 Fèisean within the area covered by Highlands & Islands Enterprise, 21 are in HIE Fragile Areas. Those communities may not face the same challenges as Raploch, Govanhill or Dundee, but they certainly have socio-economic and linguistic challenges which Fèisean contribute to overcoming.

Membership of Fèisean nan Gàidheal provides 47 independent, local organisations with access to funding, insurance, musical instruments, training, teaching resources as well as the ability to comply more easily with child protection and other legal requirements. Without the support of Fèisean nan Gàidheal, local Fèisean would have to make provision on an individual basis. Investment in Fèisean nan Gàidheal strengthens and develops cultural activities in more than 200 communities across Scotland reaching over 70,000 people annually. Within this Plan, references to Fèisean nan Gàidheal are meant as a collective term for all the Fèisean as well as the name of the umbrella organisation.

Several reports[3] highlight Fèisean nan Gàidheal's role as an example of good practice in the development of traditional music, Gaelic song, Gaelic drama, traditional dance and Gaelic language as well as wider community development. Its work enables participation in the arts for people of all backgrounds in many communities throughout the country, including areas that are rurally isolated. The arts have an important role to play in increasing the use and visibility of Gaelic. Fèisean nan Gàidheal's work enables closer engagement with the language, promotes better understanding of its place in Scotland's identity and culture and promotes positive attitudes towards Gaelic.

In addressing Fèisean nan Gàidheal's 2021 Annual Conference, Scottish Government Cabinet Secretary for External Affairs, Constitution and Culture, Angus Robertson MSP, said:

> *I'm aware that, as an organisation, you've never stood still and have always been developing and building on the work of previous years. Fèisean nan Gàidheal has enriched the cultural life of Scotland, with your strong support for traditional music and Gaelic, and we all look forward to this continuing in the months and years ahead.*

[2] http://www.feisean.org/wp-content/uploads/TMF-Traditional-Music-Census-2015-16.pdf
[3] http://www.feisean.org/en/feisean-en/research/

Fèisean nan Gàidheal believes participation in the arts and creativity promotes equality and diversity, contributes to wellbeing and to the economy of Scotland. The work of Fèisean nan Gàidheal has done much to promote a sense of place, linking young people with their culture, language and heritage evident, for example, in the work of its archiving projects[4] and Fuaran[5]. Many of the places in which Fèis activities take place are considered to be of importance for a variety of reasons – the environment, the provision of arts in the community, the economic circumstances of an area or the health of the Gaelic language. For young people to understand who they are and where they are going, they need to know from whom and where they have come. They need a sense of belonging, values, beliefs, identity and expression, the promotion of which has been a key success of the Fèis movement.[6]

In a 2018 debate in the Scottish Parliament which ratified the UNESCO Convention for the Safeguarding of the Intangible Cultural Heritage, the then Cabinet Secretary for Culture, Tourism and External Affairs, Fiona Hyslop MSP, said:

> *I believe that to be able to move forward as a nation, we must acknowledge our roots and recognise the value of that intangible cultural heritage in defining and shaping our national identity, our sense of belonging and our continuity as individuals and communities. The success of Fèisean nan Gàidheal is an excellent example of that, for Gaelic song, story and tradition. The intangible is a critical part of how we experience our heritage—binding and connecting us to our past, our present and our future. It is of vital importance that we nurture that legacy.*

Ways in which Fèisean nan Gàidheal, and the wider Fèis movement, contribute to the preservation and promotion of intangible cultural heritage are highlighted in *Mapping Intangible Cultural Heritage Assets and Collections in Scotland* [7], a report commissioned by Museums Galleries Scotland, Historic Environment Scotland, Traditional Arts and Culture Scotland and Creative Scotland and compiled by Steve Byrne.

While Fèisean nan Gàidheal endeavours to record and acknowledge the many achievements of individual Fèisean within its Annual Reports, all of which are available on its website[8], it is only possible in this Plan to highlight some of what the organisation achieved in delivering its 2018-21 Development Plan. Among the highlights:

- We engaged with well over 200,000 people during the period
- We generated around £8m worth of activities contributing to the economic wellbeing of artists and communities
- Tuition was offered through the Fèisean to around 16,000 young people
- Around 2,000 artists were supported as tutors and performers
- An expanded range of Gaelic language, music - including YMI - and drama work was delivered in schools across Scotland through Fèisgoil
- A wide range of training sessions and other support was offered to tutors and Fèis organisers

[4] http://www.feisean.org/en/creative/archiving-project/
[5] http://www.feisean.org/fuaran/en/welcome-to-fuaran/
[6] http://www.feisean.org/wp-content/uploads/Use-or-Ornament.pdf (section 6.3)
[7] https://heritagecrafts.org.uk/wp-content/uploads/2021/08/Mapping-ICH-in-Scotland-Local-Voices-Aug-2021-w-Logos.pdf
[8] http://www.feisean.org/en/annual-reports/

- The *Beairteas* programme was developed to encourage the use of Gaelic among young people and intergenerational sessions to enrich their language skills
- The FèisTV service was expanded with regular livestreaming of events and a new online teaching service, *Oide*
- 3 Blas Festivals, in partnership with The Highland Council, reached a wide audience, live and online, included young people in the programme which also supported new commissions, a large number of artists and a variety of Highland communities
- There was collaboration with a large number of Scottish organisations and international work with the Oriel Centre in Dundalk, Celtic Colours in Cape Breton, Amateo with bodies from across Europe and the establishment, with others, of the European Folk Network
- Fèis Chataibh and Fèis Air an Oir worked in partnership to develop a junior cèilidh band during the summer months of 2018
- Fèis Inbhir Narainn musicians performed at Belladrum festival
